



Deasbad air a' Phlana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2018-2023

Dimàirt 24 Giblean 2018



The Scottish Parliament
Pàrlamaid na h-Alba

© Còir-leabhreac phàrlamaideach. Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba

Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu phoileasaidh còir-leabhreac Pàrlamaid na h-Alba air an làraich-lìn againn - www.parliament.scot no le bhith a' cur fios gu Fiosrachadh a' Phobaill air 0131 348 5000.

Dimàirt 24 Giblean 2018

CLÀR-INNSE

Col.

AM PLANA CÀNAIN NÀISEANTA GÀIDHLIG 2018-2023	1
<i>Gluasad air a chur air adhart—[Iain Swinney].</i>	
<i>Atharrachadh air a chur air adhart—[Liz Nic a' Ghobhainn].</i>	
<i>Atharrachadh air a chur air adhart—[Iain Gray].</i>	
An Leas-phrìomh Mhinistear agus Rùnaire a' Chaibineit airson Foghlam agus Sgilean (Iain Swinney)	1
Liz Nic a' Ghobhainn (Alba Mheadhanach agus Fìobh) (Con).....	6
Iain Gray (Lodainn an Ear) (Lab).....	10
Iain Ó Finnaí (Finnie) (A' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan) (Uaine).....	12
Willie Rennie (Fìobh an Ear-Thuath) (LD).....	15
Ceit Fhoirbeis (An t-Eilean Sgitheanach, Loch Abar agus Bàideanach) (SNP)	17
Eideard Mountain (A' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan) (Con)	18
Stiùbhart Stevenson (Siorrachd Bhanbh agus Oirthir Bhùchainn) (SNP)	21
Claire Baker (Alba Mheadhanach agus Fìobh) (Lab).....	23
Willie Ó Cobhthaigh (Coffey) (Cille Mhearnaig agus Srath Irbhinn) (SNP)	26
Jamie Halcro Johnston (A' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan) (Con).....	28
Joan NicAilpein (Alba a Deas) (SNP)	31
Lewis Dòmhnallach (Ear-Thuath na h-Alba) (Lab)	33
Aonghas Dòmhnallach (An Eaglais Bhreac an Ear) (SNP).....	36
Oliver Mundell (Siorrachd Dhùn Phrise) (Con).....	38
Ben Mac a' Phearsain (Dùn Èideann a Tuath agus Lite) (SNP)	40
Rhoda Ghrannnd (A' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan) (Lab)	42
Dòmhnall Camshron (A' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan) (Con).....	44
Am Ministear airson Leasachadh Eadar-nàiseanta agus Eòrpa (An Dr Alasdair Allan)	47

Seo aithisg de dheasbad a chaidh a chumail ann am Pàrlamaid na h-Alba air Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2018-23 air 23 Giblean 2018. Tha tar-sgrìobhadh ann de na h-òraidean a chaidh a thoirt seachad sa Ghàidhlig agus tha eadar-theangachadh Gàidhlig ann de na h-òraidean a bh' anns a' Bheurla. Mur a tèid an caochladh a ràdh, chaidh òraidean a dhèanamh sa Ghàidhlig aig an deasbad. Chan e seo an Aithisg Oifigeil ùghdarrasail den deasbad. Gheibhear an Aithisg Oifigeil an seo:

<http://parliament.scot/parliamentarybusiness/report.aspx?r=11481>

Pàrlamaid na h-Alba

Dimàirt 24 Giblean 2018

[Dh'fhosgail an Leas-oifigear Riaghlaidh an deasbad aig 15:07]

Am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2018-2023

An Leas-oifigear Riaghlaidh (Linda Fabiani):

'S e an t-ath chuspair air a' chlàr-ghnothaich deasbad air Gluasad S5M-11788, ann an ainm lain Swinney, air plana nàiseanta na Gàidhlig.

Tha feadhainn de na Buill air brath a thoirt gun dèan iad an òraid aca anns a' Ghàidhlig, agus mar sin tha goireasan eadar-theangachaidh ri làimh. Faodaidh Ball sam bith èisteachd ris an eadar-theangachadh le bhith a' cur nam cluais-fhònaichean aca anns an t-socaid air an làimh dheas den ghoireas. Mur urrainn do Bhall sam bith an t-eadar-theangachadh a chluinntinn, bu chòir dhaibh am putan claisneachd a phutadh agus sianal 1 a roghnachadh.

15:07

An Leas-phrìomh Mhinistear agus Rùnaire a' Chaibineit airson Foghlam agus Sgilean (Iain Swinney): Tha e na thoileachas mòr dhomh an deasbad seo air plana nàiseanta na Gàidhlig fhosgladh. Tha an comas againn, a bhith a' dèanamh ar co-dhùnaidhean fhèin anns a' Phàrlamaid seo, air a bhith math don Ghàidhlig ann an Alba, agus tha mi toilichte a ràdh gun robh taic mhath thar-phàrtaidh—nì air a bheil mi a' cur fàilte—airson na Gàidhlig anns gach seisean den Phàrlamaid. Tha mi cuideachd a' cur fàilte air a' chothrom a bhith a' togail air an t-slighe phoileasaidh a tha stèidhichte de bhith a' toirt taic don Ghàidhlig, agus tha mi ag aithneachadh gu bheil sin againn sa chumantas le pàrtaidhean eile anns a' Pàrlamaid an-diugh, mar a tha foillaiseach bho nàdar nan Atharrachaidhean ri Moladh an Riaghaltais.

Cha b' ann ach o chionn seachdain no dhà a dh'fhoillsich Bòrd na Gàidhlig "Am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2018-2023". Tha mi ag iarraidh mo thaing mhòr do Bhòrd na Gàidhlig a chur air a' chlàr airson na dòigh anns an do rinn iad an obair—dh'obraich iad gu farsaing, gu h-ionghabhailte agus gu h-àrd-amasach—gus susbaint a' phlana a thoirt air adhart agus airson na dòigh-obrach a chleachd iad gus na planaichean a bh' ann roimhe a thoirt air adhart agus a bhith a' togail orra. Tha na prìomh chuspairean agus tèaman anns a' phlana a' beachdachadh gu dlùth air an fheum airson adhartas ann an cleachdadh na

Gàidhlig, ann an ionnsachadh na Gàidhlig agus ann an cur na Gàidhlig air adhart.

Tha am plana nàiseanta a' toirt dhuinn soilleireachd agus stiùireadh anns na ceumannan a dh'fheumas sinn a ghabhail airson Gàidhlig ann an Alba. A-rithist, tha mi a' cur cuideam air a' phuuing gun do rinneadh inbheisteachd susbainteach, agus gun do rinneadh fìor dheagh adhartas, anns na prìomh raointean prìomhachais airson na Gàidhlig, leithid nam meadhanan, nan ealan, foghlam, choimhearsnachdan agus phlanaichean ionadail nas fharsainge. 'S e an t-amas againn a bhith a' togail air an t-sàr adhartas sin aig ìrean ionadail agus nàiseanta. Thig sochairean nas fharsainge bho na raointean cudromach sin. Faodaidh telebhisean, na h-ealain, foghlam, coimhearsnachdan agus planaichean Gàidhlig uile a bhith a' cur ris an eaconamaidh, a' brosnachadh co-obrachadh agus a' cruthachadh chothroman didseatach. A bharrachd air sin, ann am bliadhna na h-òigridh seo, tha e cudromach a thoirt fa-near gu bheil iad glè tharraingeach do dhaoine òga anns an dùthaich againn.

Tha am prògram de ghnìomhachdan Gàidhlig a gheibhear anns a' phlana nàiseanta ann an co-rèir ris na gealltanasan manifesto againn agus ris na gealltanasan anns a' phrògram airson riaghladh. Anns na raointean a dh'ainmich mi, chaidh deagh iomairtean agus pròiseactan a stèidheachadh a tha ag obair gu soirbheachail. Bithear a' togail orra sin mar phàirt den obair leasachaidh air a' phlana nàiseanta.

Aig cridhe a' phlana nàiseanta tha prògram àrd-amasach ann, leis an amas gun àrdaichear na h-ìrean de bhruidhinn, cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig ann an Alba. Bidh sinn a' gabhail cheumannan air bun-stèidh nam prìomhachasan a tha anns a' phlana nàiseanta ùr. Bidh sinn a' toirt a-steach iomairtean agus a' dèanamh lèirmheas air pròiseactan, air chor 's gum faod sinn a dhol thairis air na cnapan-starraidh, a dhèiligeadh ris na beàrnas agus adhartas nas luaithe agus nas èifeachdaiche a dhèanamh le Gàidhlig ann an Alba.

A-nis 's gun deach am plana nàiseanta a stèidheachadh, 's e mo rùn gu bhith, nas anmoiche am-bliadhna, a' gairm cruinneachadh de raon de bhuidhnean poblach, ùghdarrasan agus daoine le ùidh sa chùis, aig a bheil comas a chur ris an adhartas a tha sinn ag iarraidh fhaicinn ann an cur an gnìomh plana nàiseanta na Gàidhlig. Bidh seo na latha airson sùil a thoirt air dùbhlain agus air cothroman, agus cuideachd airson moladh mar a dh'fhaodamaid rudeigin a dhèanamh gus barrachd gnìomhachd Ghàidhlig, agus com-pàirteachas sa chànan, a thoirt air adhart ann an Alba. Bidh mi ag amas, anns na còmhraidhean nas anmoiche am-bliadhna, air tighinn a-mach asta le dealas nas treasa ri

Gàidhlig ann an Alba agus raon de cheuman sònraichte a dh'fhaodar cur an gnìomh, air chor 's gum faod sinn dèanamh cinnteach gun tèid àrd-mhiannan a' phlana nàiseanta a thoirt gu buil ann an gnìomhachd fhòcasaichte air feadh raon de bhuidhnean eadar-dhealaichte.

An-diugh, bu mhath leam na raointean ainmeachadh anns am feum sinn adhartas a dhèanamh, agus anns an Lùnastal bidh mi a' gairm nan com-pàirtichean freagarrach gus dèanamh cinnteach gum faod sinn beachdachadh gu dlùth air pasgan de cheumannan practaigeach a dh'fhaodar cur an gnìomh mar thaic airson leasachadh a' chàinain. Tha grunn raointean ann anns am faca sinn deagh leasachaidhean agus anns am bu mhiann leinn barrachd adhartais fhaicinn.

Ann am foghlam tràth-bhliadhnaichean, an-dràsta tha 80 buidhnean tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig ann, agus an-uiridh bha còrr air 500 seiseanan "Bookbug" airson clann anns a' Ghàidhlig. Chaidh bun-mhaoineachadh luach £100,000 a bhuileachadh do Bhòrd na Gàidhlig airson 2018-19—tron mhaoin eadar-theachdan le clann, òigridh is teaghlach—gus an obair sin a thoirt air adhart. Ann am foghlam tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig, togaidh sinn air an fhàs a chaidh a choileanadh anns an raon o chionn ghoirid. Bidh sinn ag amas air leantail eachd le foghlam tro mheadhan na Gàidhlig anns a' bhun-sgoil, agus bheir sinn sùil ri buannachd fhaighinn às a' chothrom a thig bhon leudachadh a thaobh uairean a thide. Bidh sinn cuideachd a' cumail suas èifeachdas nan seiseanan "Bookbug" Gàidhlig, agus bidh sinn a' coimhead air adhart ri Sabhal Mòr Ostaig a' tairgse cùrsa ùr ann an tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne anns a' Ghàidhlig.

Mairidh mar phrìomhachas cudromach fàs ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig—FtG—agus foghlam luchd-ionnsachaidh Gàidhlig, agus cumaidh sinn suas ar taic airson foghlam Gàidhlig aig a h-uile ìre. Tha deagh eisimpleirean ann de dh'fhoghlam Gàidhlig anns na h-ùghdarrasan ionadail againn, agus tha sinn a' cur fàilte air, agus a' toirt taic don obair a tha ùghdarrasan ionadail fa leth a' dèanamh. Gu h-àraid, a' leantainn air fosgladh Bun-sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh an t-seachdain sa chaidh, bidh sinn ag obair a dh'ionnsaigh fosgladh sgoiltean FtG eile ann an Glaschu, Dùn Èideann agus Inbhir Nis, agus nì sinn cinnteach gum bi taic ann airson miannan nam pàrant airson sgoiltean Gàidhlig anns an Òban agus ann an Inbhir Pheofharain.

'S e Bun-sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh an t-siathamh sgoil Ghàidhlig. Tha mi a' moladh Comhairle na Gàidhealtachd airson na h-euchd seo, agus tha mi a' dèanamh fiughair ri bhith an làthair aig fosgladh oifigeil Bun-sgoil Ghàidhlig

Phort Rìgh nas anmoiche am-bliadhna. Agus fàs ann am foghlam Gàidhlig a' leantainn air, nì sinn cinnteach gu bheil a' brosnachadh an fhàis sin agus a' toirt taic ris tro atharrachadh no ath-leasachadh sam bith a nithear ris an dòigh anns a bheil a' ruith nan sgoiltean againn.

A thaobh nam planaichean leudachaidh airson foghlam Gàidhlig, tha mi toilichte a bhith a' togail air fosgladh soirbheachail Bun-sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh nas tràithe an t-seachdain seo le bhith ag ainmeachadh an-diugh gum bi an Riaghaltas a' toirt £1.8 millean do Chomhairle Baile Ghlaschu gus taic a thoirt do leasachadh na treas sgoil Gàidhlig ann an Glaschu. Tha mi a' moladh Comhairle Baile Ghlaschu air an eachdraidh ion-chomharraichte a tha aca ann am foghlam Gàidhlig. Tha sinn a' dèanamh fiughair ri chluinntinn barrachd air na planaichean leasachaidh a thig air adhart bho Chomhairle Baile Ghlaschu anns an àm ri teachd. Tha mi an dòchas gum bi na dh'ainmich mi an-diugh a' toirt misneachd a thaobh na slighe anns an leasaich sinn am prògram airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig air feadh na dùthcha.

Bithear a' cumail cuideam làidir, mar a tha an t-Atharrachadh Tòraidheach a' moladh, air fastadh luchd-teagaisg FtG, nam measg: slighean ùra a-steach don dreuchd teagaisg; cùrsaichean bogaidh anns a' Ghàidhlig airson tidsearan; agus cùrsaichean iomlaid. Tha na cùrsaichean sin air a bhith soirbheachail. Cumaidh sinn iad fo bhreithneachadh, agus nì sinn cinnteach gun lean iad orra cothroman a thoirt do thidsearan a tha ag iarraidh a dh'iomlaid do theagasg foghlaim tro mheadhan na Gàidhlig.

Nì sinn cinnteach gu bheil cothrom aig luchd-teagaisg Gàidhlig air goireasan agus air teicneòlas anns a' Ghàidhlig tro Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig agus tro e-sgoil, agus gu bheil iad a' faighinn taic mhath bho Fhoghlam Alba tron obair a tha a' dol air adhart anns na caidreachasan leasachaidh roinneil againn.

Cumaidh sinn suas ar taic airson Fèisean nan Gàidheal agus an iomadh gnìomh a tha iad a' dèanamh anns na h-ealain agus ann am foghlam. Gu sònraichte, tha mi a' moladh Fèisean nan Gàidheal air a' phròiseact ùr aca Beairteas. Bidh sin a' stèidheachadh clàr ùr de luchd-bruidhne na Gàidhlig a tha nan inbheach agus a bheireadh taic do thidsearan a chuireadh ri ionnsachadh sgoile anns an t-seòmar-teagaisg.

Ann am foghlam, tha an Riaghaltas air tasgadh susbainteach a chur ann, ann an com-pàirteachas le ùghdarrasan ionadail, agus is urrainn dhomh misneachadh a thoirt dhaibh gun lean sinn orra leis na h-àrd-mhiannan againn a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil taic ann airson a' phrògram de thasgadh agus leudachadh. Tro fhoghlam, tha na cothroman as fheàrr againn a bhith a'

brosnachadh agus a' cuideachadh leasachadh na Gàidhlig agus com-pàrteachadh anns a' chànan.

Tha e doirbh a smaointinn air a' Ghàidhlig ann an Alba gun bheachdachadh air mar a tha BBC Alba a' cur rithe gu làidir. Gun teagamh tha MG Alba, ann an dòigh air leth, a' cur ri raointean cudromach de leasachadh na Gàidhlig, leithid foghlam Gàidhlig airson inbhich, foghlam sgoile, iomairtean airson òigridh agus Gàidhlig anns an dachaigh agus anns na coimhearsnachdan againn. Tha buannachdan ri fhaicinn cuideachd ann am fastadh, sgilean, trèanadh, na gnìomhachasan cruthachail, spòrs, na h-ealain agus ceòl traidiseanta. Gu dearbh, tha obair MG Alba air a bhith bunaiteach ri stèidheachadh raointean làidir de ghnìomhachasan cruthachail ann an cuid de cheàrnaidhean na h-Alba far a bheil Gàidhlig ga bruidhinn, gu h-àraid anns na h-Eileanan Siar, far am faca sinn fàs mòr ann an comas cruthachail nan gnìomhachasan cruthachail.

Tha MG Alba a' toirt luach nach beag don Ghàidhlig, do bheatha chultarail na h-Alba agus don eaconamaidh, gu h-àraid ann an sgìrean far a bheil an sluagh beag is sgapte. Leanaidh sinn oirnn le bhith a' cumail taic ris an obair eadar-mheasgte aca, agus leanaidh na còmhraidhean leis a' BhBC air frèaman maoinachaidh airson prògraman MG Alba agus air mar a ghabhas taic a thoirt do leasachadh is leudachadh nam prògraman. Thèid an goireas ionnsachaidh Learn Gaelic ath-nuadhachadh agus a bhrosnachadh le MG Alba, gus sàr chothrom a thoirt do dhaoine air stuthan ionnsachaidh Gàidhlig ann an cruth didseatach airson inbhich anns an àm ri teachd.

'S e an raon mu dheireadh a dh'ainmicheas mi mar a bhios a' Ghàidhlig a' cur ri coimhearsnachd ealain na h-Alba. Tha fios againn gu bheil buaidh nan ealan Gàidhlig ana-mhòr, agus gu bheil an comas aca gu bhith ag adhartachadh spèis is dilseachd don chànan. Tha iad a' toirt chothrom airson cur an cèill agus leasachadh sgilean, airson cothrom agus com-pàrteachas agus airson sireadh sàr-mhaitheas. Tro na h-ealain Gàidhlig, thathar a' togail tarraingeachd agus ìomhaigh na Gàidhlig ann an Alba agus thall thairis; tha cleachdadh na Gàidhlig ga neartachadh agus tha beatha chultarail ga mheudachadh; agus tha sochairean eaconamach agus sòisealta a' tighinn às.

Tha An Comunn Gàidhealach, Fèisean nan Gàidheal and Ceòlas Uibhist a' dèanamh obair a tha fìor chudromach, agus bidh raon de bhuidhnean dràma, ionadan ealain agus fèisean a' toirt chothrom airson nan ealain Gàidhlig. Feumaidh sinn iomradh a dhèanamh cuideachd air an obair chudromaich ann am foillseachadh Gàidhlig, gu h-àraid obair Comhairle nan Leabhraichean, Acair agus càch, a tha a'

dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig a' leantainn oirre cothroman a thoirt do sgrìobhaichean, foillsichearan agus luchd-caitheimh.

Aig cridhe ar n-obrach air a' Ghàidhlig tha brosnachadh com-pàrteachas agus dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt bhunaiteach de bheatha bheothail choimhearsnachdan ann an Alba. Tha sinn a' faicinn na buaidh aice ann am brosnachadh gnìomhachd is leasachadh coimhearsnachd, agus tha e cudromach gum brosnaich sinn com-pàrteachas, gu h-àraid tro fhoghlam agus craoladh, agus gun gabh sinn grèim air cothroman na 21mh linn, tro aplacaidean didseatach, air chor 's gun dèan sinn cinnteach gu bheil a' toirt gach taic ri brosnachadh agus altramadh leasachadh na Gàidhlig. Tha sinn a' cur fàilte air plana nàiseanta na Gàidhlig, agus togaidh sinn air gus barrachd com-pàrteachais agus neart anns a' chànan a thoirt gu buil ann an Alba, agus gus dèanamh cinnteach gu bheil a' faighinn buannachd às ann an coimhearsnachdan air feadh na h-Alba, agus sinn a' toirt taic do leasachadh na Gàidhlig anns an dùthaich againn.

Tha mi a' gluasad,

Gu bheil a' Phàrlamaid a' cur fàilte air foillseachadh agus cur air bhog Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig, agus gu bheil i a' coimhead air seo mar chothrom a bhith a' togail air an deagh shoirbheachas anns na beagan bliadhnaichean a dh'fhalbh agus bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil ìre de dh'adhartas nas luaithe anns a h-uile prìomh raon de leasachadh na Gàidhlig ann an Alba, a' glèidheadh taic is brosnachadh airson sgoiltean Gàidhlig agus a' meudachadh na h-àireimh de dhaoine a' labhairt, a' cleachdadh agus ag ionnsachadh na Gàidhlig ann an Alba.

15:18

Liz Nic a' Ghobhainn (Alba Mheadhanach agus Fìobh) (Con): Tha Tòraidhich na h-Alba fìor thoilichte a bhith a' toirt taic do Ghluasad an Rìghaltais agus don Atharrachadh Làbarach.

Tha eachdraidh mhath aig Pàrtaidh Tòraidheach na h-Alba de bhith a' toirt taic do choimhearsnachdan Gàidhlig air feadh Alba. Ann an 1985, thugadh òraid seachad le Seòras Younger, a bha aig an àm na Rùnaire na Stàite airson Alba, aig Sabhal Mòr Ostaig, a' cholaiste Gàidhlig anns an Eilean Sgitheanach, anns an tug e gealladh gun cruthaicheadh tabhartasan sònraichte airson na Gàidhlig. Anns na bliadhnaichean a lean, thàinig na tabhartasan sin gu bith airson nan ciad anadan foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, agus an-diugh thathar a' sealltainn orrasan mar an nì a rinn comasach am fàs a lean ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Ann an 1990, bha an t-suim a chaidh a thoirt leis an ath Rùnaire na Stàite airson Alba, Malcolm Rifkind—agus air a chur an gnìomh le Micheal Forsyth—deatamach airson cur air bhonn

Maoin Telebhisein na Gàidhlig agus, mar sin, airson BBC Alba air a bheil sinn eòlach an-diugh. Bha Rùnaire a' Chaibineit airson Foghlam agus Sgilean ceart a bhith a' toirt fa-near ris an uiread a chaidh a dhèanamh le BBC Alba; tha e mìorbhaileach, agus na fhìor dheagh naidheachd, gu bheil 10 sa cheud de shluagh na h-Alba—Gàidhlig aca no gun Ghàidhlig—a' coimhead air BBC Alba gu cunbhalach. Tha fios agam gu bheil Rùnaire a' Chaibineit a' dèiligeadh ri draghan aig BBC Alba mu dheidhinn na h-ìre de mhaoineachadh a bhios aca anns an àm ri teachd agus a' bhuaidh a thig bhon t-sianal ùr aig BBC Scotland.

Coltach ris a h-uile pàrtaidh eile san t-Seòmar, bha Tòraidhich na h-Alba daonnan a' tuigsinn gun robh a' Ghàidhlig na pàirt chudromach den dualchas againn agus de dhlùth is inneach na coimhearsnachd, agus tha i ri moladh mar sin. Air an adhbhar sin, tha e anabarrach cudromach misneachadh a thoirt do luchd-bruidhne na Gàidhlig uile gu bheil a' Phàrlamaid a' toirt dhaibh a làn taic. Tha iad a' cur luach mòr air sin, gu h-àraid a chionn 's gur e taic thar-phàrtaidh a tha ann, agus tha sin a' ciallachadh gun robh fada a bharrachd adhartais ann na bhiodh comasach mur a b' e seo.

Tha gach cuid Comhairle na h-Eòrpa agus Buidheann nan Dùthchannan Aonaichte airson Foghlaim, Saidheans is Cultair—UNESCO—air cuideam a chur air a' phuuing gu bheil cùis-iomagain ann fhathast mu dheidhinn Gàidhlig mar chànan ann an cunnart, fon mhìneachadh aca. Cha bu chòir dhuinn diochuimhneachadh gun robh, anns na 1990an, crìonadh nach bu bheag anns an àireimh de luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba. Ged a tha fàs ùr air a bhith ann, tha e follaiseach gu bheil, ann an cuid a dh'aitichean, dùbhlain fhathast ann air ar beulaibh—rudeigin a dh'fheumas sinn beachdachadh gu dlùth air.

Ann an 2012, labhair mise anns an deasbad às dèidh cur air bhog a' phlana Gàidhlig aig Riaghaltas na h-Alba a bha ann aig an àm sin, agus tha mi air a bhith air comataidhean foghlaim air trì tursan eadar-dhealaichte nuair a bha sinn a' deasbad na bha an dàn don Ghàidhlig ann an Alba san àm ri teachd. An uair sin, mar an-dràsta, bha sinn fada an comain Bòrd na Gàidhlig agus mòran eile anns a' choimhearsnachd Ghàidhlig a thug dhuinn cuideachadh—gu h-àraid an fheadhainn dhinn aig nach eil a' Ghàidhlig—a thuigsinn miannan nan coimhearsnachdan dùthchasail Gàidhlig agus na dùbhlain a tha romhpa.

A thaobh sin, tha e cudromach iomradh a dhèanamh air an adhartas ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Air mo shon-sa dheth, tha fàs agus leasachadh FtG air a bhith na sgeul soirbheis—ma dh'fhaoidte tè den fheadhainn as

fheàrr—ann am foghlam Albannach thairis air na 25 bliadhna a dh'fhalbh. Thathar a-nis a' teagasg barrachd air 4,000 clann tro mheadhan na Gàidhlig air feadh Alba, agus tha e brosnachail gu bheil mòran dhiubh anns a' bhun-sgoil. Tha sinn a' cur fàilte chridheil air leasachadh nan sgoiltean Gàidhlig ùra ann an Glaschu, a' togail air an t-soirbheas a chunnacas ann an Glaschu an-còmhnaidh, agus cuideachd ann an Inbhir Nis agus ann an Dùn Èideann, chan ann a-mhàin a chionn 's gu bheil rannsachadh foghlaim a' cur cuideam air na buannachdan a thig à dà-chànanachas airson leasachadh na h-inntinn am measg na h-òigridh. Tha mòran sgoiltean Gàidhlig, agus mòran eile far a bheil foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann, air fìor adhartas a shealltainn a thaobh buileachadh. Tha teachdaireachd ann an sin.

Tha e deatamach a thaobh mairsinneachd a' chànan gum bi am fàs sin a' leantainn air. Tha e cuideachd cudromach do dh'iomadachd foghlaim ann an Alba—iomadachd a tha a' sìor-dhol am meud—agus tha Tòraidhich na h-Alba a' creidsinn gu daingeann gum bu chòir an uiread 's a ghabhas de roghainn a bhith aig pàrantan. Chan eil mi aineolach air a' chonnsaid mu chùisean san Eilean Sgitheanach anns an ùine bhig a dh'fhalbh, ach tha mi a' smaointinn gun tèid againn air dol seachad air sin ma tha sinn a' dèiligeadh ris na cùisean gu faiceallach.

Tha mi a' toirt fa-near gu bheil draghan air Bòrd na Gàidhlig am bi am Bile foghlaim a tha ri thighinn a' lagachadh nan ullachaidhean reachdail airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig air feadh nan ùghdarrasan ionadail againn. Chan eil mi fhèin den aon bheachd, ach gu dearbh feumaidh sinn dèanamh cinnteach nach dèanar sìon, fiù 's gun fhios dhuinn, a lagaicheas solarachadh a' chànan agus an àireamh dhiubhsan a dh'fhaodadh a bhith ga teagasg. Chan eil fios againn fhathast dè bhios anns an dreachd dheireannach de Bhile an fhoghlaim, ach tha e cudromach gun cum sinn nar cuimhne na cùisean a chaidh a thogail.

Tha am fàs as ùire anns a' chànan air tachairt ann an sgoiltean-àraich agus ann am bun-sgoiltean, agus tha sin mar thoradh air na goireasan leasaichte, leithid na goireasan didseatach air an do bhruidhinn Rùnaire a' Chaibinet. Tha fastadh luchd-teagaisg ann an àrd-sgoiltean fhathast na chùis-iomagain mhòr, ge-tà. Ma tha fòcas gu bhith air an raon seo, feumaidh e a bhith air sin. Tha sinn mothachail air beàrn obrach ann an ùghdarrasan ionadail a dh'fhan bàn a chionn 's nach robh e comasach daoine a bhrosnachadh a theagasg Gàidhlig, agus tha beàrn obrach airson cheannardan-sgoile air a bhith ann cuideachd. Mholainn gun coimhead Rùnaire a' Chaibineit air a' chuspair sin mar

phrìomhachas; bhitheamaid glè thaiceil nan dèanadh e sin.

Tha e cudromach cuideachd gun toir sinn sùil air fastadh luchd-teagaisg ann an co-theacsa de leasachadh eaconamach air feadh Alba. Tha deasbad no dhà air a bhith againn o chionn ghoirid air feadhainn de na coimhearsnachdan dùthchail as laige. Feumar dòigh-obrach iomlanach a' gabhail, air chor 's gun dèanar cinnteach gu bheil na coimhearsnachdan dùthchail sin—agus tha luchd-labhairt dùthchasail ann am mòran dhiubh— a' faighinn na taice a tha a dhith orra tro na bun-structaran aca fhèin. Gun na bun-structaran sin, tha e glè dhoirbh a bhith a' brosnachadh dhaoine a dhol a dh'fhuireach annta agus an teaghlaichean àrach an sin agus rudeigin a thoirt do na coimhearsnachdan sin airson an ama ri teachd.

Tha mi ag ràdh sin, chan ann a-mhàin a chionn 's gu bheil mi a' faireachdainn sin, ach mar thoradh air a' chomhairle a thugadh dhuinn le Bòrd na Gàidhlig agus feadhainn de na coimhearsnachdan dùthchasail sin. Sheall mi air ais air na thuirt iad ris a' Chomataidh Foghlaim is Cultar ann an 2012-13, a' toirt mòran fiosrachaidh don Phàrlamaid air carson a dh'fheumadh am fòcas a bhith air na coimhearsnachdan sin, agus ag aithneachadh gum feumadh sinn ma dh'fhaoidte a bhith beagan nas tapaidhe a thaobh dèanamh cinnteach gu bheil caitheamh nan ùghdarrasan ionadail air ath-threòrachadh dhaibh agus nach cuireamaid tuilleadh 's a chòir den fhòcas air ùghdarrasan ionadail far nach eil iarrtas ann agus àireamhan beaga de luchd-labhairt na Gàidhlig.

Nuair a tha stòrasan cuibhrichte, mar a tha iad—ma dh'fhaodte nas cuibhrichte barrachd is barrachd—tha am fòcas sin glè chudromach dhuinn, oir, ma tha rud sam bith ann a tha sinn ag iarraidh a dhèanamh, 's e a dhèanamh cinnteach gu bheil a' choimhearsnachd Ghàidhlig a' faireachdainn gu bheil iad a' faighinn na taice iomchaidh anns na na h-àiteachan iomchaidh. Air an adhbhar sin, tha sinn a' toirt taic don Glusad ann an ainm Rùnaire a' Chaibineit, ach 's ann air an adhbhar sin cuideachd a tha sinn ag iarraidh barrachd fòcas air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus toirt taic do na coimhearsnachdan dùthchasail sin.

Tha mi a' glusad Atharrachadh S5M-11788.1, a chur a-steach aig an deireadh:

“, agus, mar thoradh air sin, gu bheil i a' creidsinn gur e am prìomhachas foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus dèanamh cinnteach gu bheil gu leòr de luchd-teagaisg ann a bhruidhneas Gàidhlig agus luchd-teagaisg aig a bheil teisteanas sa Ghàidhlig gus an t-iarrtas a choileanadh, gu h-àraid ann an àrd-sgoiltean.”

15:25

Iain Gray (Lodainn an Ear) (Lab): Faodaidh na h-eadar-theangairean fois a ghabhail: chan eil Gàidhlig agam, agus cha leig mi orm gu bheil tro bhith a' ciùrradh facal sam bith den chànan. Tha beagan eòlais agam, ge-tà—fiù 's ged nach ann bho fhiosrachadh pearsanta—air cho-theacsa eachdraidheil den deasbad seo.

Airson àrd-sgoil, chaidh mi gu Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis. Anns na làithean sin, b' fheudar do mhòran òigridh bho na h-Eileanan a dhol an sin airson foghlam àrd-sgoile, agus bhiodh iad uile a' còmhnaidh ann an ostail. B' urrainn dhaibh deuchainn àrd-ìre a dhèanamh anns a' chànan aca—a' Ghàidhlig—ach b' e sin uile. Cha robh cothrom ann airson ionnsachadh tro mheadhan a' chànan aca no fiù 's ga cleachdadh ann an dòigh sam bith eile. Chan abair mi cus mu dheidhinn, ach b' e coimhearsnachd bheag a bha sin ann an sgoil mhòr agus dh'fhuiling iad seòrsa de dh'eileachadh. Fiù 's an uair sin, bha mise a' smaointinn gum b' e solar foghlaim suarach a bh' ann airson na h-òigridh sin agus, a dh'inne na firinne, na chùis mhaslach.

Nuair a ghabh a' Phàrlamaid ri Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, sheall Peadar Peacock, a' bruidhinn airson an Riaghaltas aig an àm, air ais gu 1616 nuair a bha reachdas ag aithneadh gum biodh a' Ghàidhlig “abolisheit and removeit” à Alba. Ma dh'fhaoidte nach deach siostam nan sgoiltean anns na 1970an cho fada ri sin, ach chan cha robh e na àrainneachd altramach idir.

An-diugh, bidh barrachd air 4,000 sgoilearan ag ionnsachadh gu tur tro mheadhan na Gàidhlig, agus tha còir aig pàrantan iarrtas airson sin a chur a-steach don chuid chloinne; tha sianal telebhisein Gàidhlig ann an Alba; agus tha plana Gàidhlig aig 50 de na buidhnean poblach againn. Tha sin uile—am plana nàiseanta nam measg, gu dearbh; tha sinn a' toirt fa-near gun deach an treas plana nàiseanta fhoillseachadh—a' sruthadh bhon reachdas eachdraidheil Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha an t-Atharrachadh againn dìreach a' cur ri Moladh an Riaghaltas, ris am bi sinn ag aontachadh, le bhith ag aithneachadh sin.

Tha eachdraidh mhath aig Pàrtaidh Làbarach na h-Alba de bhith a' toirt taic don Ghàidhlig. A bharrachd air ceannardas Pheadair Peacock anns a' Phàrlamaid ann an 2005, dh'fhosgail Comhairle Roinn Shrath Chluaidh, fo stiùir a' Phàrtaidh Làbaraich, a' chiad aonad foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann am Bun-sgoil Sir Iain Maxwell ann an 1985, agus dh'fhosgail Comhairle Baile Ghlaschu, fo stiùir a' Phàrtaidh Làbaraich, a' chiad sgoil làn-Ghàidhlig ann an 1999. Dhaingnich Riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte, fo stiùir a' Phàrtaidh Làbaraich, a' Chairt Eòrpach airson Chànanan Roinneil agus Mion-chànanan ann an

2001, agus chruthaich Achd Conaltraidh 2003 a' bhun-stèidh laghail airson BBC Alba.

Tha fada ri dhol, ge-tà. Anns an deasbad air Bile na Gàidhlig (Alba) ann an 2005, thuirt Alex Neil, le mac-talla de Churchill:

“Tha am bile a’ riochdachadh chan e deireadh na sgeòil ach deireadh an toisich ann an sgeul ath-bheothachadh na Gàidhlig.” — [*Aithisg Oifigeil*, 21 Giblean 2005; c 16343.]

Bha e ceart. Anns a’ chunntas-sluaigh mu dheireadh—ann an 2011—bha crìonadh beag anns an àireimh de luchd-labhairt na Gàidhlig, ach, rud a bha fada nas deimhinne, bha cuideachd meudachadh anns an àireimh de luchd-labhairt òga. Ged a tha barrachd sgoilearan ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus ann an sgoiltean Gàidhlig a-nis, a rèir nam figearan oifigeil bha lùghdachadh anns an àireimh de sgoilearan a’ dèanamh theisteanasan anns a’ Ghàidhlig gach cuid aig ìre nàiseanta 5 agus aig an àrd-ìre. Uair is uair, tha am Pàrtaidh Làbarach air an cuspair a thogail a thaobh caolachadh a’ churraicealaim-sgoile tro thoirt a-steach nan deuchainnean nàiseanta ùra. Tha sinn air fianais a thaisbeanadh gun deach an ìre de chlàrachadh agus an ìre de bhuileachadh a theannachadh agus gun robh cuspairean sònraichte air fulaing, Gàidhlig nam measg.

Tha duilgheadas eile deagh aithnichte ann, ris an do tharraing Liz Nic a’ Ghobhainn ar n-aire, mar bu chòir dhi, agus ’s e sin gu bheil e duilich a bhith a’ fastadh luchd-teagaisg Gàidhlig agus tidsearan a theagaisgeas tro mheadhan na Gàidhlig. Gu dearbh, an-uiridh, a’ freagairt ri rannsachadh na Comataidh Foghlam is Sgilean air planadh airson an luchd-obrach, mhinich tidsear a tha a’ teagasg tro mheadhan na Gàidhlig am milleadh-dùil a bha aige:

“Mar thoradh air fàilligeadh a thaobh luchd-obrach a tha fileanta anns a’ Ghàidhlig fhadastad, no trèanadh iomchaidh a thoirt do luchd-obrach aig nach eil a’ Ghàidhlig, chan ann ach aig beag-chuid, no aig mòr-chuid bheag, den luchd-obrach a tha an ìre riatanach de Ghàidhlig. Tha seo a’ lagachadh an dearbh ethos de sgoil Ghàidhlig agus, aig a’ cheann thall, tha an eallach air an luchd-obrach a labhras a’ Ghàidhlig air a mheudachadh.”

’S e seo cearcall millteach, oir dh’aidich an tidsear sin—cuideigin a bha fileanta anns a’ Ghàidhlig—gun robh e ag iarraidh dreuchd an neach-teagaisg fhàgail. Ach b’ e an t-adhbhar a thug e airson sin an t-uallach-obrach meudaichte agus crìonadh an tuarastail—ann am faclan eile, b’ iad na h-aon duilgheadasan a tha ag adhbharachadh ghainneadan ann am prìomh chuspairean eile. Gus an dèilig an Riaghaltas ri cùisean bunaiteach leithid tuarastal agus uallach-obrach, feumaidh sinn a bhith iomagaineach mu dheidhinn dè cho practaigeach ’s a tha an leudachadh ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig—air an cuireamaid fàilte—a dh’ainmich Rùnaire a’ Chaibineit.

Bu chòir dhuinn fàilte a chur air adhartas, ach feumaidh sinn aideachadh nan dùbhlann a mhaireas. Faodaidh sinn an treas plana nàiseanta a chomharrachadh, ach tha Rùnaire a’ Chaibineit ceart a bhith a’ cur cuideam air a’ phuuing nach eil ann ach ro-ruithear do ro-innleachd gus a chur an gnìomh, a dh’fheumas dèiligeadh ri ceistean air targaidean agus clàran-ama ma tha momantam an adhartais gu bhith air a ghlèidheadh.

A dh’aindeoin ’s nach eil comas sam bith agam anns a’ Ghàidhlig, nuair a bhithear a’ leigeil cudrom orm a ràdh cò e am bàrd as fheàrr agam, bidh mi a’ freagairt Somhairle MacGill-Eain, fiù ’s ged nach tèid agam air an obair aige a leughadh ach ann an eadar-theangachadh. O chionn 70 bliadhna air ais, sgrìobh MacGill-Eain an dàn eu-dòchasach:

“Chan fhaic mi fàth mo shaothrach bhith cur smaointean an cainnt bhàsmhoir”.

An-diugh, faodaidh sinn innse dhuinn fhìn gur dòcha nach eil cainnt mhàthaireil MhicGill-Eain a’ bàsachadh fhathast, ach feumaidh sinn aideachadh gu bheil fada a bharrachd againn ri dhèanamh mus urrainn dhuinn agairt gu firinneach gu bheil an cànan a’ soirbheachadh.

Tha mi a’ gluasad Atharrachadh S5M-11788.2 a chur a-steach aig an deireadh:

“, agus gu bheil i a’ toirt fa-near gun do stèidhich Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 am frèam-obrach airson Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig leis an amas gum fàsadh cleachdadh a’ chànan gu ruige ìre far an gabh e àbhaisteachadh.”

15:31

Iain Ó Finnaí (Finnie) (A’ Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan) (Uaine):

Thoisich am ball sa Ghàidhlig.

’S e latha math a th’ ann. ’S toil leam a bhith ag èisteachd ri Gàidhlig anns a’ Phàrlamaid againn.

Tha mi às na Cluaine, baile beag snog ri taobh Loch Lòchaidh ’s faisg air a’ Ghearasdan. Cha robh Gàidhlig aig mo phàrantan ’s cha robh Gàidhlig san sgoil agam. A-nis tha sgoil ùr Ghàidhlig anns a’ Ghearasdan. Tha an nighean agam, Ruth, agus an dithis nighean aice, Daisy ’s Aimee, fileanta.

Tha mi a’ smaoinichadh gum feum a h-uile duine sabaid airson na Gàidhlig.

Mar as àbhaist, feumaidh mi ràdh nach eil ach beagan Gàidhlig agam, ’s feumaidh mi Beurla a bhruidhinn an-diugh.

Lean am ball air sa Bheurla.

Tha e cudromach gun toir sinn èisteachd ri aon de chànanan nàiseanta na h-Alba. Tha mise ag iarraidh rud beag a ràdh mu dheidhinn an dithis

oghaichean eile agam, a tha a' còmhnaidh ann an Catalòinia. An dèidh siubhal còmhla ri am pàrantan ann an Aimearaga a Deas, a' giùlan phocannan-droma, tha iad a-nis air a dhol a dh'fhuireach ann an Catalòinia, far a bheil iad aig a' chiad agus aig an dàrna ìre ann an sgoil Chatalànach. Tha iad a' bruidhinn Beurla agus bha iad a' tuigsinn Spàinntis mar-thà, agus tha iad a-nis a' bruidhinn Catalànais agus Spàinntis, no Castilianais, mar a chanadh iadsan ris. Tha an gnàth-eòlas sin a' leudachadh na h-inntinn.

Thug Liz Nic a' Ghobhainn iomradh air dà-chànanachas. Mar chomhairliche ann an Comhairle na Gàidhealtachd, thachair mise air mòran deasbaid air Gàidhlig a bha aineolach, agus mar sin chuir mi romham gun cuirinn air adhart na buannachdan a thig à dà-chànanachas. A dh'innse na firinne, chan eil e gu diofar dè an cànan eile a dh'ionnsaichear, ach ann an Alba tha roghainn ann airson Gàidhlig.

Ainmichidh mi fiosrachadh bhon làraich-lìn "Bilingualism Matters":

"Tha rannsachadh air sealltainn gu bheil dà-chànanachas na bhuannachd do leasachadh cloinne agus don àm ri teachd. Bidh clann aig a bheil fèin-fhiosrachadh de dhiofar chànanan a' fàs nas mothachail air diofar chultaran, diofar dhaoine agus diofar bharrailean. Ach tha iad cuideachd buailteach do bhith nas fheàrr na aon-chànanaich aig 'ioma-shaothrachadh' agus cur fòcas air cùisean. Is tric gu bheil iad nan leughadairean ro-abaich, agus san fharsaingeachd tha e nas fhasa dhaibh cànanan eile ionnsachadh. Tha dà-chànanachas a' toirt don chloinn fada a bharrachd buannachdan na dhà chànan!"

Tha mi cinnteach nach mise an t-aon Bhall Pàrlamaid na h-Alba ris a bheil daoine a' tagradh mu dheidhinn a' chothroim air cànanan ann an sgoiltean, agus tha e ceart gun do chlàraich Liz Nic a' Ghobhainn sa chunntas na h-iomagainean aig Bòrd na Gàidhlig mu dheidhinn Achd Foghlam (Alba) 2016, agus tha mi cinnteach gun cuala Rùnaire a' Chaibineit sin.

Tha cothrom beartach ann an dà-chànanachas, agus tha mòran dhaoine ag iarraidh air a' chothrom sin a ghabhail.

Anns an t-seisean mu dheireadh den Phàrlamaid, bha mi toilichte gun robh mi soirbheachail aontachadh fhaighinn air Atharrachadh air an ìre aig am feum ùghdarrasan ionadail foghlam Gàidhlig a sholarachadh. Rinn mi obair cuideachd air làraichean Luchd-siubhail ann an seisean pàrlamaideach roimhe, agus tha mi den bheachd gu bheil ceangal coitcheann eatorra, ma bheachdaicheas sinn air a' mhì-mholadh a tha sinn a' cluinntinn agus na h-ùghdarrasan ionadail nach eil a' solarachadh làraichean agus a' cumail an cinn sìos. Tha feum againn air com-pàirteachadh bhon a h-uile duine.

Tha obair ionmholta a' dol air adhart—bhruidhinn Buill air an staitistig, agus faodaidh sinn mòran a dhèanamh de sin.

Chleachd Rùnaire a' Chaibineit am facal "spèis", agus tha mise a' smaointinn gu bheil sin cudromach. Rugadh agus thogadh mise air a' Ghàidhealtachd, agus feumaidh mi ràdh nach robh a' Ghàidhlig nam shealladh idir—b' e cànan a bhiodh seann daoine a' bruidhinn a bh' innte. Rinn mi Fraingis anns an sgoil, mar a rinn iomadh duine eile. An-diugh, tha mòran dhaoine ann an Alba, air feadh na Gàidhealtachd is nan Eilean agus thairis air sin, a' dèanamh deagh bheoshlaint dhaibh fhèin agus a' dlùth-ghabhail ris a' chultar againn. Tha iomadh deagh eisimpleir de sin. Is toigh leam gu h-àraid Griogair Labhruidh a' dèanamh rap anns a' Ghàidhlig—tha mi cinnteach gu bheil Rùnaire a' Chaibineit eòlach air an obair aige, a bhios na phàirt chudromach den chruinneachadh chlàran aige. Tha e mu dheidhinn "spèis"; cha bu chòir a' Ghàidhlig a bhith air a faicinn mar rudeigin fad às.

Anns a' cho-theacsa sin, tha mi air an taobh dhiubhsan a bhruidhinn mu dheidhinn iomairt nam fèisean agus BBC Alba. Tha e mìorbhaileach gu bheil daoine a' tuigsinn "cairt bhuidhe" a chionn 's gum bi iad a' coimhead BBC Alba gu tric. Chan e sop air sgàth sgoinne a tha seo—is tric gum bi sinn a' bruidhinn mu dheidhinn càileachd an naidheachdais, ach 's e "Eòrpa" aon de na bheagan phrògraman aig a bheil lèirsinn nas fharsaingeach agus sealladh deimhinneach.

Tha dùbhlain ann airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Mar eisimpleir, tha mòran luchd-teagaisg teisteanachta a tha fileanta anns a' Ghàidhlig a' faireachdainn nach eil na sgilean sgrìobhaidh aca a tha riatanach airson na dreuchd. Tha iomadh dheagh iomairt air a bhith ann airson seo, agus tha mi cinnteach gun lean iad orra.

Thugadh iomradh air Bun-sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh. Mo chreach-sa, tha fìor chomas againn air a' Ghàidhealtachd—agus, gu dearbh, ann an àitichean eile cuideachd—sgeulachd mhìorbhaileach dheimhinneach a thionndadh gu neo-shoirbheachadh. Mar a bhios fios aig na Buill a tha a' leantainn an Daily Gael air Twitter, chan eil fosgladh na sgoile air "portal gu ifrinn" fhosgladh; 's e sgeulachd naidheachd a tha math agus deimhinneach, agus tha mi cinnteach gu bheil tuilleadh sgeulachdan den leithid sin ri thighinn. Tha mi a' cur fàilte àraid air an airgead a bharrachd airson na sgoile ùire ann an Glaschu.

*Mòran taing.*¹

¹ Chaidh seo a ràdh sa Ghàidhlig.

15:37

Willie Rennie (Fìobh an Ear-Thuath) (LD): Ma dh'fhaoidte gum bi cuimhne aig Iain Swinney gun robh esan agus mi fhìn air pannal aig Acadamaidh Cùil Lodair ron reifreann air neo-eisimeileachd ann an 2014. Mar a thachair, bha an seòmar uaine na sheòmar-teagaisg airson clas bun-sgoil tro mheadhan na Gàidhlig. Bha sanas ann os cionn nan taisbeanaidhean a bha a' mìneachadh:

“Tha sinn ag ionnsachadh mu dheidhinn na Gàidhlig, agus ag ionnsachadh na Gàidhlig, a chionn 's gu bheil i mar bhealach gu ionnsachadh mu dheidhinn eachdraidh agus dualchas ar dùthcha.”

'S e sin abairt sgoinneil a tha a' toirt gearr-chunntas air na tha sinn a' feuchainn ri choileanadh nuair a tha sinn a' brosnachadh a' chànan, agus tha an teachdaireachd sin gu math eadar-dhealaichte ri mar a dh'fhiosraich Iain Gray anns an sgoil o chionn mòran bhliadhnaichean—cha eil e cho fada air ais sin. Tha na tha a' tachairt a-nis fada nas deimhinnich agus a' togail inntinn, agus tha sin fìor airson daoine de gach aois.

Tha mac-talla den fheallsanachd sin ri fhaicinn air feadh an t-saoghail. Sgrìobh an neach-coiteachaidh agus sgrìobhaiche Aimeireaganach Rita Mae Brown:

“Tha cànan mar mhapa-rathaidean airson cultar. Tha e ag innse dhut cò às an tàinig an sluagh aige agus far a bheil iad a' dol.”

'S ann leis an smuain sin a tha sinn a' toirt taic don Ghluasad agus don dhà Atharrachadh a chaidh a roghnachadh airson deasbad an-diugh.

Tha na Libearalaich Dheamocrataich air an làn thaic a thoirt don Ghàidhlig agus do bhrosnachadh na Gàidhlig. Bho Russell Johnston gu Ray Michie gu Teàrlach Ceannadach gu Iain Fearchar Rothach, anns a' phàrtaidh agam tha traidisean fada, às a bheil mi moiteil, mar thagraiche dealasach airson cànan is cultar nan Gàidheal. Bu tric a labhair Iain Fearchar Rothach anns a' Ghàidhlig anns an t-Seòmar seo; gu dearbh, thathar ag innse dhomh gum bu tric a chleachdadh e an cànan ann an coinneamhan de bhuidheann nam Ball Libearalach Deamocratach nuair a bha e anabarrach diombach agus ag iarraidh nach tuigeadh duine sam bith eile dè bha e a' bruidhinn mu dheidhinn.

Stiùbhart Stevenson (Siorrachd Bhanbh agus Oirthir Bhùchainn) (SNP): A bheil Willie Rennie ag aontachadh gum b' e an t-amas mòr poiliteagach aig Iain Fearchar Rothach, nach deach a choileanadh, an dùthaich seo a chruth-atharrachadh gu bhith na dùthaich aon-chànanach anns an robh daoine a' bruidhinn Gàidhlig a-mhàin?

Willie Rennie: Tha. Cha ghèill mi. [*Gàire.*]

Bha Ray Michie na tagraiche daingeann airson na Gàidhlig. Gu dearbh, mhionnaich i a' bhòid ann an Taigh nan Cumantan anns a' Ghàidhlig. Nuair a leig i dhith a dreuchd agus chaidh a h-àrdachadh gu Taigh nam Morairean, rinn i an nì ceudna, agus b' ise a' chiad neach a mhionnaich anns a' Ghàidhlig anns na Morairean. Aig an àm, thuirt i:

“Tha seo a' toirt fa chomhair dhaoine aig a bheil ùidh ann an dualchas agus cultar na Gàidhealtachd cho cugallach 's a tha an cànan agus mar a tha sinn ag iarraidh a bhrosnachadh”,

agus tha mi a' smaointinn gum bitheamaid uile ag aontachadh ris an smuain sin.

Tha mi ag aontachadh ris na prìomhachasan a dh'ainmich Rùnaire a' Chaibneit agus a chaidh a chur an cèill anns a' phlana nàiseanta, a thaobh cleachdadh, ionnsachadh agus cur air adhart a' chànan. Tha an caochladh sgeamaichean beaga a dh'ainmich e an-diugh—ann an raon de shuidheachaidhean bho ro-sgoil-àraich gu sgoil-àraich, agus bho bhun-sgoil gu àrd-sgoil—uile nam pàirt de ro-innleachd nas fharsainge a tha sinn a' feuchainn ri leasachadh. Tha iad air cur ri atharrachadh radaigeach bho 1985, nuair nach robh ach 14 sgoilearan ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Tha am figear sin air àrdachadh gu mòr gu 3,278—atharrachadh mìorbhaileach ann an ùine cho goirid. Tha a h-uile pàrtaidh anns a' Phàrlamaid air cur ris an leasachadh sin, bho na Tòraidhich—mar bu chòir, chuir Liz Nic a' Ghobhainn cuideam air an taic bho Mhinistearan Tòraidheach anns na tràth-bhliadhnaichean—chun an Riaghaltais Làbaraich-Libearalaich Dheamocratach a bha ann, a rinn cinnteach gun deach an reachdas troimhe a thug inbhe don chànan, sìos chun an Riaghaltais fo Phàrtaidh Nàiseanta na h-Alba, a thug a' chùis nas fhaide.

Tha fada a bharrachd ri dhèanamh fhathast, ge-tà. Bha Liz Nic a' Ghobhainn buileach ceart cuideam a chur air Comhairle na h-Eòrpa agus mar a tha an cànan fhathast ann an cunnart. Gu h-ìomlan, tha an àireamh de luchd-labhairt fhathast a' crìonadh agus tha tòrr obrach againn ri dhèanamh. 'S ann air an adhbhar sin gu bheil e glè bhrosnachail gu bheil uidhir de dhaoine bho air feadh an t-Seòmair a tha a' labhairt anns an deasbad—feadhainn anns a' Ghàidhlig agus feadhainn anns a' Bheurla—gu buileach air cùl leasachadh a' chànan ann an cultar is na h-ealain, tro fhoghlam agus tro raon de dhòighean eile, air chor 's gun dèan sinn cinnteach gun lean i oirre a bhith fìuranach anns na bliadhnaichean ri teachd.

An Leas-oifigear Riaghlaidh: Tha sinn a' gluasad don dheasbad fhosgailte. Bu chòir do dh'òraidean a bhith de chòig mionaidean a dh'fhaid, mas e ur toil e.

15:42

Ceit Fhoirbeis (An t-Eilean Sgitheanach, Loch Abar agus Bàideanach) (SNP):*Bhruidhinn am Ball sa Ghàidhlig.*

Ann an 1959, sgrìobh an sgoilear cliùiteach Calum MacGilleathain mun sgìre agamsa,

“in Glen Roy I found the only Gaelic speakers in Lochaber under 40 years of age ... a language ... passes into oblivion.”

Uill, gu fortanach, cha do thachair sin.

Ged a tha an deasbad seo a’ tachairt sa Phàrlamaid, chan e rudeigin politeagach a tha sa Ghàidhlig. Ged a tha mi nam bhall dhen Phàrtaidh Nàiseanta, feumaidh mi ràdh gur e am pàrtaidh Tòraidheach a thug cead airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig sa chiad àite, le 14 sgoilearan ann an 1984, agus am Pàrtaidh Làbarach agus na Libearalaich Dheamocratach a chuir Achd na Gàidhlig 2005 air dòigh.

An t-seachdain ’s a chaidh, chuir Port Rìgh, san sgìre agam fhìn, fàilte chridheil air an t-siathamh sgoil Ghàidhlig ùir ann an Alba, le tòrr taic bho Phàrtaidh Nàiseanta na h-Alba, agus gu h-àraidh bhon Leas-phrìomh Mhinistear, Iain Swinney, a tha uabhasach taiceil ris a’ Ghàidhlig. Tha fios agam gu bheil luchd-labhairt na Gàidhlig gu math taingeil airson na taice aige. Is e deagh naidheachd a th’ ann a bhith a’ cluinntinn mu na sgoiltean ùra ann an Glaschu agus air a’ Ghaidhealtachd.

Air sgàth ’s gu bheil Achd na Gàidhlig 2005 agus planaichean Gàidhlig ann, tha na h-àireamhan de dh’òigridh a tha a’ dèanamh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a’ fàs gach latha, agus tha iadsan a’ fàs seach searbh sgìth de na h-argamaidean an aghaidh na Gàidhlig. ’S e mion-chànan a th’ innte, ach chan eil i mar mhion-chànan airson nan daoine a tha ga bruidhinn agus ga cleachdadh, agus a tha a’ pàigheadh na h-aon chisean a tha luchd-labhairt na Beurla.

’S e seo a’ phuing as cudromaich dhomhsa; chan fhaca mi riamh a’ ghràin air a’ Ghàidhlig cho làidir ’s a bha e às dèidh na h-òraid mu dheireadh a rinn mi sa Ghàidhlig. Le Achd na Gàidhlig 2005 agus am plana Gàidhlig, tha cothrom againn uile Gàidhlig a neartachadh agus a leasachadh, ach cuideachd feumaidh sinn tòrr a bharrachd a dhèanamh a thaobh nan argamaidean ceàrr mu shoidhnichean-rathaid, foghlam agus mun airgid a tha Gàidhlig a cosg. Tha luach sa Ghàidhlig agus feumaidh sinn sin a dhearbhadh nas fheàrr agus a shealltainn gu bheil taic thar-phàrtaidh ann airson na Gàidhlig. Is i a’ Ghàidhlig cànan ar dùthcha air fad.

Tha adhartas air a bhith ann o chionn a’ chiad phlana Gàidhlig—ann am foghlam, na meadhanan agus cultar—ach aig a’ cheann thall, ’s e am

prìomhachas na h-àireamhan de dhaoine a tha a’ bruidhinn Gàidhlig gu làitheil, aig an taigh agus leis an obair, agus leis na sgoiltean ùra tha mi gu math dòchasach gu bheil na h-àireamhan a’ dol a dh’èirigh. Mar sin, bu chòir dhuinn an Riaghaltas agus am plana Gàidhlig a mholadh.

Ach ’s e a’ cheist as motha, a bheil na h-iomairtean seo—na h-iomairtean sa phlana, na h-iomairtean sa phlana mu dheireadh, agus na h-iomairtean a tha a’ dol a bhith againn san àm ri teachd—a’ neartachadh a’ chànan mar chànan làitheil? Tha cunnart an-còmhnaidh ann gu bheil na planaichean Gàidhlig aig buidhnean poblach agus daoine eile dìreach mar “tick-box exercises”. ’S e sin an t-adhbhar a tha lèirmheas agus sgrùdadh den adhartas cho cudromach. Tha tòrr iomairtean air a bhith soirbheachail—mar fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus BBC Alba—ach tha tòrr fhathast ri dhèanamh. Tha mi gu math taingeil dhan Leas-phrìomh Mhinistear, oir tha fios agam gu bheil esan mothachail dha na cùisean cudromach seo, agus gu bheil e taiceil ris a’ Ghàidhlig. Tha e cho math a chluinntinn gu bheil trì sgoiltean ùra a’ dol a bhith againn.

Anns an sgìre agam fhèin, tha sinn a’ faicinn ath-bheothachadh ann an iomadh dòigh, leis na fèisean, na h-iomairtean Gàidhlig, sgoiltean Gàidhlig, ionadan Gàidhlig agus ceòl Gàidhealach. Ach ’s e an t-amas as cudromaiche Gàidhlig a neartachadh airson ’s gum bi barrachd dhaoine ga cleachdadh is a’ faireachdainn cofhurtail ga cleachdadh, agus gum bi daoine aig a bheil Gàidhlig mar-thà a’ fàs nas misneachail le bhith ga cleachdadh gach latha—san taigh, san sgoil is san obair.

An t-seachdain ’s a chaidh, bha mi air leth toilichte fàilte chridheil a chur air a’ bhun-sgoil ùir ann am Port Rìgh. Chan eil mi a’ tuigsinn ciamar as urrainn do dhuine sam bith a dhol an aghaidh sgoil ùr, gu h-àraidh sgoil ùr Ghàidhlig.

Tha mise agus an òigridh eile a fhuair na cothroman a tha a’ tighinn an cois foghlam Gàidhlig fada an comain gach neach a rinn spàirn às ar leth agus às leth na Gàidhlig, agus tha mi ’n dòchas gum bi tòrr a bharrachd sgoilearan ann san àm ri teachd as urrainn dhaibh an aon rud a ràdh.

15:47

Eideard Mountain (A’ Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan) (Con):

Nuair a tha mise a’ coinneachadh ri luchd-taghadh air feadh na Gàidhealtachd is nan Eilean, tha soidhnichean-rathaid anns a h-uile àite far am bi mi a’ siubhal, air na rathaidean againn, anns na stèiseanan againn agus ri taobh nan lochan is nan Rothach againn. Tha iad nan cuimhneachan làitheil air cho cudromach ’s a tha a’ Ghàidhlig do dh’Alba.

Bha mi a' strì ri èisteachd ri Ceit Fhoirbeis agus ris an eadar-theangachadh aig an aon àm. A dh'innse na firinne, bha an dà chuid airidh air èisteachd riutha, agus mar sin thèid mi air ais a dh'èisteachd riutha aon an dèidh a chèile air los gum faod mi an ceangal ri chèile.

Tha àite bunaiteach aig a' Ghàidhlig ann an dualchas na h-Alba, leis na cinnidhean ris a bheil sinn ceangailte agus na cèilidhean aig am bi sinn a' dannsa uile nan traidiseanan a tha a' dol air ais. Tha sinn ceart a bhith a' cuimhneachadh air an Alba Ghàidhealaich bho na làithean a dh'fhalbh, ach bhiodh e ceàrr a shaoilsinn nach e ach cànan eachdraidheil a tha innte, oir tha i gu ìre mhòr na cànan beò—fiù 's ged a tha i air a bhith ann an cunnart agus feumaidh sinn cuimhneachadh luach a chur innte.

Le suidheachadh na Gàidhlig fada bho bhith tèarainte fhathast, tha e brosnachail a dh'fhaicinn gun robh, airson a' chiad turas riamh, àrdachadh anns an àireimh de luchd-labhairt na Gàidhlig fo aois 25. Tha an dealbh iomlan, ge-tà, a' nochdadh crìonadh. Bha mu 58,000 luchd-labhairt na Gàidhlig air an clàrachadh anns a' chunntas-sluaigh 2011, agus bha sin a' riochdachadh crìonadh de mu thuaiream 1,000 an comas ris an àireimh 10 bliadhna roimhe sin.

Mar sin, cha b' urrainn don phlana cànan nàiseanta Gàidhlig aig Riaghaltas na h-Alba tighinn aig àm nas fheàrr gus misneachadh a thoirt do choimhearsnachdan air mar a tha a' Phàrlamaid a' moladh gun toirear taic dhaibh. 'S fhiach cumail air cuimhne gu bheil 50 sa cheud de luchd-labhairt na Gàidhlig a' fuireach air a' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan. Tha plana an Riaghaltais aig ìre nàiseanta, ach feumaidh e a bhith mothachail gu sònraichte do dh'fheumalachdan nan coimhearsnachdan ionadail agus dùthchail anns an roinn-taghadh a tha mise a' riochdachadh.

Bidh na cùisean a bheir buaidh air na coimhearsnachdan dùthchail sin—dìth obraichean, taigheadas, bann-leathann agus còmhdhail phoblach—uile a' toirt buaidh air na coimhearsnachdan Gàidhlig agus air a' chànan, agus is tric gum bi seo ag adhbharachadh lùghdachadh sluaigh a lùghdaicheas cleachdadh a' chànan, a bu chòir dhuinn strì ri bhith a' dìon. Mar sin, tha cudrom air an Riaghaltas a bhith a' fuasgladh an luach eaconamaich a dh'fhaodadh a' Ghàidhlig a thoirt dha eaconamaidh na h-Alba—nì a dh'fhaodadh a bhith luach mu £100 millean gach bliadhna, a rèir lomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean. Mar thoradh air fàs an eaconamaidh dùthchail, thig fàs ann an Gàidhlig ann an Alba, rud a bu chòir dhuinn uile a bhith ag obair a choileanadh.

Bidh na buannachdan eaconamach bhon Ghàidhlig air an neartachadh le foghlam Gàidhlig

a tha èifeachdach. Anns na beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh, tha a' Ghàidhlig air fàs gu bhith na pàirt chudromach de beatha sgoile air a' Ghàidhealtachd, le 23 bun-sgoiltean agus 16 àrd-sgoiltean a' teagasg a' chànan. Is e Bun-sgoil Inbhir Nis a' chiad tè a chaidh a thogail a dh'aon ghnòthach airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Chaidh fhosgladh ann an 2007 le 100 sgoilearan agus a-nis, 10 bliadhna an dèidh sin, tha rola de 232 sgoilearan ann. Sin sgeul de shoirbheas a bu chòir dhuinn uile a chomharradh.

Tha e soilleir gu bheil barrachd is barrachd choimhearsnachdan far a bheil dualchas Gàidhlig ann ag iarraidh an cuid chloinne a bhith co-dhiù dà-chànanach, a chionn 's gu bheil buannachdan bho sin gun teagamh sam bith. Mar thoradh air ionnsachadh diofar chànanan bho aois òg, chithear coileanadh nas àirde ann am foghlam, agus mar sin cha bu chòir dhuinn iongantais a ghabhail gu bheil barrachd phàrantan ag iarraidh an cuid chloinne a chur gu sgoiltean foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Bidh Pàrtaidh Tòraidheach na h-Alba daonnan a' toirt taic do thasgadh ann an sgoiltean Gàidhlig far a bheil fìor iarrtas ann air an son bho phàrantan ann an coimhearsnachd far a bheil dualchas Gàidhlig.

Iain Ó Finnaí: Tha beagan de dh'iomagain orm mun dòigh anns an dearbhadh tu an t-iarrtas sin. An tèid agad air a' chùis sin a shoilleireachadh? Gu deimhinn, bhiodh tu ag iarraidh suidheachadh far a bheil cothrom aig an ùghdarras ionadail togail air an iarrtas le bhith a' brosnachadh càch a thighinn air adhart, mar a tha air tachairt gu tric ann an coimhearsnachdan.

An Leas-oifigear Riaghlaidh: Cuiream an cuimhne nam Ball gum bu chòir dhaibh bruidhinn tron chatraiche, an àite a bhith ann an còmhradh dìreach ri chèile. Mar sin—tron chatraiche, mas e do thoil e, a Mhgr Mountain.

Eideard Mountain: Tapadh leat, Oifigear Riaghlaidh. B' e a' phuing a bha mi a' feuchainn ri dhèanamh air far am bu chòir dhuinn iarrtas a bhrosnachadh agus togail air an iarrtas a tha ann, an àite a bhith ag ràdh, "Chan eadh—cha dèan sinn sin." Ma tha iarrtas ann, bu chòir dhuinn a bhrosnachadh. Ach nuair a tha sinn a' brosnachadh leudachadh ann am foghlam Gàidhlig, feumaidh sinn dèanamh cinnteach nach leig sinn le cuid a dhaoine iomagainean a thogail, mar a thachair ann am Port Rìgh, nach bi an tasgadh ann an sgoiltean Gàidhlig a' tighinn gun droch bhuidh sam bith air tasgadh ann an goireasan eile anns an sgìre. Feumaidh sinn dèanamh cinnteach gu bheil a' faicinn na Gàidhlig mar dhòigh gus coimhearsnachdan a thoirt ri chèile agus chan ann gus an sgaradh.

Tha mi cuimhneachail air an ùine a tha air fhàgail dhomh, agus mar sin their mi dìreach gu bheil mi pròiseil às a' phàirt leantailich a rinn am

pàrtaidh agam do Ghàidhlig a dhèanamh tèarainte airson an ama ri teachd tron mhaoineachadh a thug sinn do na ciad aonadan foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, a bharrachd air Maoin Telebhisein Gàidhlig a thoirt a-steach. Bha na solaran sin glòir-mhiannach ach practaigeach—dòigh-obrach a bhiodh Riaghaltas na h-Alba, nam bheachd-sa, glic a chumail.

Tha an deasbad seo cuideachd na chuimhneachan timeil do Riaghaltas na h-Alba gu bhith a' leantainn air leis a' ghealltanais, a rinneadh o chionn 10 bliadhna, a dhèanamh cinnteach gum bi, anns a' chunntas-sluaigh 2021, an uiread de luchd-labhairt na Gàidhlig co-dhiù air ais chun na h-ìre aig an robh i ann an 2001. Amaiseamaid gu h-àrd agus dèanamaid cinnteach gur e àrd-mhiann a h-uile pàrtaidh air feadh an t-Seòmair a bhith a' meudachadh cleachdadh na Gàidhlig air feadh Alba.

15:53

Stiùbhart Stevenson (Siorrachd Bhanbh agus Oirthir Bhùchainn) (SNP): *Tha mi nam bhodach**—I am an old mannie—agus mar sin is coltach nach ionnsaich mi a' Ghàidhlig mus fàg mi tìr nam beò. Coltach ri mòran dhinn, ge-tà, tha sinnsearan Gàidhealach agam. Bhruidhinn mo sheanair Alasdair Caimbeul MacGriogair a' Ghàidhlig. Bhiodh e a' dìreadh nan crann air bòrd bàta; phòs e cuideigin à Dùn Èideann agus chaidh iad a dh'fhuireach ann an Lìte. Mar sin, chaidh mo mhàthair a thogail ann an dachaigh dhà-chànanach agus bhruidhinn i anns a' Ghàidhlig ri a h-athair agus anns a' Bheurla ri a màthair. Nuair a chaidh i don sgoil ann an 1914, chaidh i a-steach do dh'àrainneachd far an rachadh a peanasachadh nam bruidhneadh i anns a' Ghàidhlig. Thug mo shinn-sinn-seanair—Gilleasbuig Stiùbhart—a chuid Gàidhlig leis gu Canada, ach thachair sin o chionn glè fhada: rugadh esan anmoch anns na 1700an.

Air an taobh eile den teaghlach, agus ma dh'fhaoidte fear nach do chuir uidhir ri airidheachd nan Stevensons, tha mo sheanair Uilleam Stiùbhart Stevenson, a phòs Elizabeth Tait Barlow ann an 1890. Bha a chiad dreuchd mar mhaighstir-sgoile anns a' choimhearsnachd Ghàidhlig ann an Leòdhas, far an deach a chur, mar neach aon-chànanach aig nach robh ach a' Bheurla, a dhèanamh cinnteach nach bruidhneadh duine sam bith Gàidhlig anns an sgoil far an do theagaisg e. Taing do fhreastal gu bheil sinn beò aig àm eadar-dhealichte.

Coltach ri Iain Gray, chaidh a' bhean agam gu Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis—cha do bhruidhinn mi rithe mu cò ris a bha e coltach dhi

*Chaidh seo a ràdh sa Ghàidhlig.

an sin, ach chan eil i a' tighinn bho dhualchas a bha làidir a thaobh na Gàidhlig.

Ciamar a tha mise a' ceangal ris a' Ghàidhlig an-diugh? Coltach ri càch, bidh mi a' faicinn ainmean-àite Gàidhlig agus feartan-tìre Gàidhlig. Anns a' chàr agam, tha an CD de Runrig "May Morning", a chruthaich iad airson fosgladh Pàrlamaid na h-Alba ann an 1999; agus tha CD agam de Julie Fowlis. A bheil mi a' tuigsinn a h-uile rud a chluinneas mi anns a' Ghàidhlig? Chan eil gu dearbh, ach tha facal no dhà agam. Thogadh an ùidh agam gum b' urrainn dhomh, fhad 's a bha mi ag èisteachd ri eadar-theangachadh na h-òraid aig mo cho-oibriche Ceit Fhoirbeis ann an aon chluas agus ris a' Ghàidhlig anns a' chluais eile, tuigsinn cuid den cho-fhreagairt. Ach am b' urrainn dhomh bruidhinn Gàidhlig ann an dòigh sam bith a tha ciallach? Cha b' urrainn idir.

Nuair a bha mise nam bhalach òg, nan robh cuideigin ag iarraidh a chluinntinn na Gàidhlig, b' e an t-àite far an cluinneadh iad a' chuid as motha den Ghàidhlig air a bruidhinn fo Dhrochaid nan Gàidheal—the Hielanman's Umbrella—ann an Glaschu, far am b' àbhaist do dhaoine bho na h-Eileanan an Iar a bhith a' cruinneachadh—tha e ri taobh stèisean a' Mheadhain agus fon drochaid thairis air Sràid Earra-ghaidheal. Chluinneadh iad barrachd Gàidhlig na Beurla an sin. Dìreach mar a chì sinn a-nis leasachadh na Gàidhlig anns na bailtean mòra, gu h-eachdraidheil—fiù 's ged a bha sin anns an àm a chaidh seachad—bha i air a bruidhinn ann am bailtean mòra.

B' ann às an sgìre a b' àbhaist dhomh riochdachadh—tha an sgìre a-nis, an dèidh ath-eagrachadh nan crìochan, air a riochdachadh le Gillian Màrtainn—a thàinig "Leabhar Dhèir" o chionn cha mhòr 1,000 bliadhna. 'S e "Leabhar Dhèir" lethbhreac den Bhìoball anns a bheil am pìos as aosta de Ghàidhlig sgrìobhte. Nuair a rinneadh na ciad oidhirpean a dhèanamh a-mach cò aig an robh sealbh air Alba, chaidh na manaich bho abaid Dhèir timcheall a' sgrìobhadh, ann an Gàidhlig ann am marghain a' Bhìobaill sin, fiosrachadh air cò aig an robh sealbh air ciod. Tha sin gu math inntinneach.

Ann an Siorrachd Obar Dheathain, bha Gàidhlig ann nach b' e Gàidhlig na h-Alba air a bheil sinn a' bruidhinn. Tha baile ann ris an canar New Pitsligo, aig a bheil ainm eile—Cyaak. Tha sin às a' Chuimris, no Gàidhlig Bhriothannach. Tha na traidiseanan cànanain againn gu math iomadach.

Tha mo ghuth caran meirgeach an-diugh—b' fheudar dhomh dèiligeadh ris a' Ghàidhlig airson sin, nuair a rinn mi beul-phurgaid leis "anCnoc", an t-uisge-beatha bhon taigh-staile as fhaigse orm. Is e sin an t-ainm Gàidhlig airson a' chnuic, Knock, a tha air cùlaibh an taigh-staile.

Tha mi a' cur fàilte mhòr air an tasgadh a bharrachd, a chaidh ainmeachadh, ann an teagasg Gàidhlig ann an Glaschu agus fosgladh ghoireasan ann an àitichean eile. Tha sinn a' toirt taing nach do shoirbhich le Achd 1616 a dh'ainmich Iain Gray, agus chluich Peadar Peacock, ar co-oibriche a bha ann, pàirt bhunaiteach ann a bhith a' gluasad na Gàidhlig gu àite eile agus a' togail air na rinneadh roimhe. Tha mi a' toirt mo làn thaic do dh'oidhirpean gus Gàidhlig a thoirt gu barrachd dhaoine.

Tha mi a' co-dhùnadh le moladh simplidh a dh'fhaodadh cuideachadh agus a dh'fhaodamaid beachdachadh air toirt air adhart. Tha tòrr cruinne-eòlas agus àitichean againn le ainmean Gàidhlig. Dh'fhaodamaid tòiseachadh le bhith a' cuideachadh luchd na Beurla na h-ainmean Gàidhlig fhuaimneachadh oir, mar neach na Beurla, tha ainmean Gàidhlig uaireannan a' fairtleachadh orm. Le beagan cobhair, dh'fhaodamaid ionnsachadh ciamar a dh'fhuaimneachar ainmean Gàidhlig—

An Leas-oifigear Riaghlaidh (Cairistiona Gheumach): Chan eil fios agam ciamar a chanas tu anns a' Ghàidhlig, “Thig gu co-dhùnadh, mas e do thoil e”, ach thig gu co-dhùnadh mas e do thoil e.

15:58

Claire Baker (Alba Mheadhanach agus Fiobh) (Lab): Tha mi toilichte a labhairt anns an deasbad feasgar an-diugh. Tha e a' tighinn chan ann fada an dèidh an deasbaid air dualchas do-bheantainn, anns an robh mòran Bhall ag ainmeachadh dè cho cudromach 's a tha a' Ghàidhlig, gach cuid ann an seagh eachdraidheil agus a chionn 's gum feum sinn leantainn oirnn a' toirt taic don chànan ann an Alba.

Tha e cothromach gun aithnich sinn Gàidhlig na h-Alba is gun cuir sinn meas oirre, ga glèidheadh agus ga moladh, agus tha àite cudromach aig a' phlana nàiseanta gus an t-àrd-amas sin a choileanadh. Gu sònraichte, tha e cudromach gun dèan sinn strì ri bhith a' toirt air a' chànan fàs taobh a-muigh nan sgìrean far an robh a' Ghàidhlig làidir gu traidiseanta, agus gu bheil i ruigsinneach dhaibhsan a tha ag iarraidh a h-ionnsachadh air feadh na dùthcha. 'S ann anns an dòigh sin a mhaireas an cànan beò.

Tha e inntinneach gun do bhruidhinn Rùnaire a' Chaibineit air foghlam nan tràth-bhliadhnaichean. Bha beagan cianalais orm nuair a choimhead mi taisbeanadh mu dheidhinn “Dòtaman” rè turas comataidh don BhBC. Tha nadar de dh'inbhe cult air a' phrògram a-nis, ach ann an 1985 bha e gu math tùsaireach ann an àbhaisteachadh a' chànan, air an do chuir e mòran cloinne eòlach don chiad turas. Air an turas sin, bha e math a

chluinntinn mu dheidhinn na h-obrach ùire a tha BBC Alba agus CBBC a' dèanamh ann an co-obrachadh air filmeadh eagran Gàidhlig de “Raven”, no “Fitheach”, prògram mòr-chòrdte anns am biodh clann a' gabhail pàirt ann an dàna-thuras.

Bho 1999, tha a' Phàrlamaid air pàirt chudromach a chluich gus fòcas a chur air a' Ghàidhlig. Chaidh a' Phàrlamaid a stèidheachadh aig àm nuair a bha iomagaineann ann gun robh Gàidhlig mar chànan a' bàsachadh. Ged a chaidh sin aithneachadh agus ged a chaidh grunn nithean a dhèanamh mar-thà, tha dùbhlain fhathast romhainn a thaobh iarrtas airson foghlam, a bharrachd air dèiligeadh ri beachd a' mhòr-shluaigh, mar a dh'ainmich Ceit Fhoirbeis. Tha a' Phàrlamaid air a bhith mothachail gus oidhirpean a dhèanamh air chor 's gun dèanar cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig a' faighinn taic, agus tha mise toilichte a dh'fhaicinn sin a' leantainn air.

Feumaidh sinn aithneachadh, mar aon fhactar a chuir ri crìonadh a' chànan ann an Alba, gun gabh ceangal a dhèanamh ris na roghainnean is co-dhùnaidhean a rinneadh anns na bliadhnaichean a chaidh seachad a dh'aon ghnòthach gus cleachdadh a' chànan a chuibhreachadh. Chaidh an cànan a chumail beò tro na linntean le ginealaichean agus coimhearsnachdan, agus le luchd-coiteachaidh agus luchd-iomairt, a phut an gnòthach air adhart.

A bharrachd air taic a thoirt do dh'obair Bòrd na Gàidhlig, tha dleastanas aig an Riaghaltas agus aig a' Phàrlamaid a thaobh aithneachadh cho cudromach 's a tha an cànan do dh'Alba, cur air adhart co-ionannachd agus in-ghabhail airson nan coimhearsnachdan far a bheil a' Ghàidhlig air a bruidhinn, agus brosnachadh dhaoine a bhith a' gabhail ris, agus a' faighinn barrachd eòlais air, a' chànan. Tha sinn a' toirt taing gu bheil sinn ann an àite a tha fada nas fhallaine an-diugh na bha sinn chan ann fada air ais ann an eachdraidh. Ged a tha mi a' tuigsinn gu math nach i a' Ghàidhlig an ciad chànan do mhòran dhaoine tuilleadh, tha iomagaineann ann fhathast gum faodadh, leis an t-seann ghinealach a' siubhal, gum bi na traidiseanan ceangailte ris a' chànan ann an cunnart siubhail còmhla riutha. San fharsaingeachd, ge-tà, tha sinn a' bruidhinn nas lugha air am bi a' Ghàidhlig beò agus nas motha air a' chomas aice a bhith a' fàs gu soirbheachail ann an teaghlach is coimhearsnachdan.

Am measg adhbharan eile, tha an suidheachadh mar sin a chionn 's gun robh, rè nam bliadhnaichean nuair a bha an cànan air iomallachadh, bha ealain is cultar na h-Alba fhathast a' brosnachadh agus a' glèidheadh na Gàidhlig. Bho sheinn nan salm chun a' Mhòid agus Ceanglaichean Ceilteach, is fhada gun robh cothrom ann dhaibhsan a bha ag iarraidh Gàidhlig

ionnsachadh no a bhruidhinn le fèin-earbsa agus le taic. Cha bu chòir dhuinn a leithid sin de bheairteas a mheasadh fo luach. Tha e cudromach gum faod sgoilearan suidhe ann an seòmar-teagaisg le luchd-teagaisg ullaichte, ach tha e cudromach cuideachd gu bheil an comas aca a bhith ag ionnsachadh a' chànain, a gabhail ris gu dlùth agus a bhith beò ann, tro òrain agus sgeulachdan, companas agus càirdeas.

Mar eisimpleir, tha am plana ùr a' gabhail a-steach pròiseact gus taic a thoirt don t-seasmhachd san fhad-ùine airson ionad foghlaim is ealain Uibhist a Deas, agus tha mi an dòchas gun leigeadh seo leis na traidiseanan agus òrain Ghàidhealach a mhairsinn. Tha mi cuideachd toilichte a dh'fhaicinn gun lean sinn oirnn, fon phlana, taic a thoirt do na buidhnean a tha cudromach airson nan ealan Ghàidhlig ann an Alba. Tha a' Ghàidhlig na pàirt chudromach de dhualchas na dùthcha, agus anns na sgìrean far a bheil i làidir, bu chòir dhuinn a bhith a' dlùth-ghabhail ri sin agus ris na cothroman na lùib. Le bhith a' togail cheanglaichean làidir eadar cultar agus ealain, faodaidh sinn buannachd fhaighinn às ann an raointean eile, gu h-àraid ann an turasachd, agus luchd-turais a' dlùth-ghabhail ri romansachd a' chànain agus a cheanglaichean ri eachdraidh bheartach na h-Alba.

Tha sinn a' cur fàilte air leasachadh ro-innleachd airson turasachd Ghàidhlig, a bhios a' toirt taic do bhuidhnean a tha a' cleachdadh a' chànain. Is dòcha gu bheil mi an-còmhnaidh a' bruidhinn mu dheidhinn an t-sreath telebhisein "Outlander" an-dràsta, ach chruthaich sin barrachd ùidh ann an Alba, an dualchas togte againn, ar cruth-tìre agus, tron dòigh anns a chleachd e a' Ghàidhlig, ùidh ann an cànan air leth ann an Alba a tha mar bhealach don dualchas againn airson luchd-turais aig a bheil ùidh ann.

Ged a tha Buill eile air cuideam a chur air dealas a' Phàrtaidh Làbaraich a thaobh na Gàidhlig thairis air na bliadhnaichean, tha mi ag aithneachadh gu bheil sinn air co-obrachadh tarsainn na Pàrlamaid gus an cànan a bhrosnachadh, agus tha mi a' cur fàilte mhòr air sin. Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus am plana a thoirt a-steach a chionn 's gu bheil sinn uile a' tuigsinn agus mothachail air a' phuig gu bheil na coimhearsnachdan a tha ga bruidhinn fhathast feumach air taic fhòcusaichte.

Tha iomadh dùbhlann fhathast air beulaibh coimhearsnachdan Gàidhlig na h-Alba. Gu tric, tha na coimhearsnachdan seo lag le sluaighean a tha a' fàs sean no ag atharrachadh a chionn 's gum feum daoine nas òige a bhith a' sireadh cosnadh. Mar thoradh air sin, faodaidh coimhearsnachdan Gàidhlig làidir—far am bi luchd-labhairt a' faireachdainn comhfhurtail agus far am bithear a' cleachdadh a' chànain gach latha anns an

dachaigh agus anns an sgìre—a bhith fo chunnart a bhriseadh ann am bloighdean. Ma thèid a leithid a choimhearsnachdan a bhriseadh an àirde, far a bheil cothroman ann airson cleachdadh làitheil a' chànain, faodaidh am miann airson cleachdadh agus ionnsachadh a' chànain a chur ann an cunnart cuideachd, gu h-àraid am measg nan ginealaichean nas òige. Tha obraichean tèarainte le tuarastal math cudromach airson dèanamh cinnteach gum faod teaghlaichean aig a bheil a' Ghàidhlig leantainn orra a bhith beò agus a shoirbheachadh anns na coimhearsnachdan aca.

Ma tha sinn gu bhith soirbheachail ann an toirt taic don Ghàidhlig agus toirt oirre fàs, bidh feum againn air dòigh-obrach iomlan a bhios ag àrach a' chànain seo a tha luachmhoir, phrìseil agus air leth ann an Alba.

An Leas-oifigear Riaghlaidh: Feumaidh mi a bhith teann leis na h-òraidean. Chan eil ùine againn os làimh. Tha mi ag iarraidh òraidean de chòig mionaidean, mas e ur toil e.

16:04

Willie Ó Cobhthaigh (Coffey) (Cille Mhearnaig agus Srath Irbhinn) (SNP): Tha e na thoileachas dhomh gu bheil an comas agam a bhith a' labhairt aon uair eile airson taic a thoirt don Ghàidhlig agus don obair a bhithear a' gabhail os làimh gu libhrigeadh nan amasan a tha air an cur an cèill anns a' phlana nàiseanta.

Tha mi air labhairt ann an grunn deasbadan air a' Ghàidhlig thairis air na bliadhnaichean, agus gach turas tha e soilleir gu bheil sinn a' gluasad air adhart agus a' dèanamh adhartas leis a' chànain eireachdail seo, a tha a' cluiche pàirt mhòr gar dealbhachadh mar shluagh agus far am bi sinn a' dol mar nàisean.

Cha leig mi orm gu bheil mi faisg air bruidhinn na Gàidhlig, ach bha e mìorbhaileach Ceit Fhoirbeis a chluinntinn agus i a' bruidhinn a' chànain le uiread de dh'fhaireachdainn agus de dhiorras. Tha mi a' dèanamh mo dhìchill gus taic a thoirt don chànain, agus nas anmoiche nam òraid bidh mi a' toirt cunntas do Bhuill air an obair dhrùidhteach a tha air a bhith a' tachairt ann an Cille Mhearnaig thairis air an 20 bliadhna mu dheireadh aig Bun-sgoil Onthank—faisg air far an do thogadh mi; tha mi fhathast a' fuireach faisg air làimh.

Is toigh leam am plana a chionn 's gu bheil e soilleir, furasta ri leughadh agus glè dheimhinneach mu dheidhinn a' chànain. Is cinnteach gum bi an ath chòig bliadhnaichean beothail. Tha e cudromach gur urrainn dhuinn adhartas a mheasadh, gu dearbh, agus tha na molaidhean air mar a chuirear seo an gnìomh agus mar a chumar sùil air gu bhith a' leantainn ann an ùine ghoirid.

Cha bhi an obair air ar beulaibh furasta, agus tha i glè dhùbhlach. 'S i a' Ghàidhlig aon am measg iomadh cànan san t-saoghail a tha an cunnart a bhith cailte mura dèan sinn rudeigin mu dheidhinn. Tha UNESCO a' toirt tuairisgeul de Ghàidhlig na h-Alba mar "gun teagamh ann an cunnart", le mu thuaiream 80,000 luchd-labhairt ann an Alba taobh a-muigh suidheachadh foirmeil an fhoghlaim. Tha an àireamh de dhaoine ann an Èirinn agus anns a' Chuimrigh a tha a' labhairt nan cànanan Ceilteach eile nas àirde, ach tha sinne eòlach air an eachdraidh a thaobh mar a thàinig sinn gu bhith anns an t-suidheachadh seo.

'S e amas simplidh a' phlana nàiseanta a dhèanamh cinnteach gun cleachdar Gàidhlig nas trice, le barrachd dhaoine agus ann an raon nas fharsainghe de shuidheachaidhean. Tha cuimhne agam gun do rinn mi iomradh air seo an turas mu dheireadh a labhair mi mun Ghàidhlig—bha mi an dòchas gum biodh an cànan air fhaicinn barrachd a thuilleadh air chluinntinn barrachd. Tha am plana ag amas air sin anns an dòigh 's gu bheil e an dùil a bhith a' cur a' chànan air adhart fada a bharrachd ann an raointean leithid dualchas, turasachd, biadh is deoch agus cur-seachadan.

Tha mi an dòchas gum bi sin a' ciallachadh gum bi iadsan nach àbhaist a bhith a' tachairt air a' chànan ga fhaicinn agus ga chluinntinn, ann an còmhradh agus ann an òrain, ann an suidheachaidhean ionadail, ma dh'fhaoidte tro cheòl agus tachartasan—tha e uile a' dèanamh diofar agus tha e a' cuideachadh gu deagh iomhaigh a chur air adhart, agus tha sin fìor chudromach ma tha sinn gu bhith a' leudachadh tarraingeachd na Gàidhlig.

Tha an sealladh air coimhearsnachdan anns a' phlana ag aithneachadh gu bheil diofar ìrean de chonaltradh ris a' Ghàidhlig—sgìrean le ceudad àrd de luchd-labhairt; coimhearsnachdan ann am bailtean mòra agus bailtean eile mar Chille Mhearnaig; agus coimhearsnachdan teicneòlais, mheadhanan agus thachartasan. Tha iad uile eadar-dhealaichte, ach tha pàirt aca uile ri chluich gus am plana a thoirt air adhart.

Bheir mi do Bhuill sealladh beag de na tha air a bhith a' tachairt ann an Cille Mhearnaig aig Bun-sgoil Onthank. O chionn ghoirid, chomharraich an t-aonad Gàidhlig an sin an 20mh cheann-bhliadhna aice, agus chaidh mu 250 clann tron aonad rè nam bliadhnaichean sin. An-dràsta, tha mu 32 clann anns a' bhun-sgoil bho BS1 gu BS7, agus 13 eile anns an ionad tràth-bhliadhnaichean. Fhuair a' chlànn buannachdan às nach robh cuingichte ris a' churraicealam. Tha na buannachdan sòisealta agus cultarail air a bhith ana-mhòr: tha a' chlànn air siubhal air feadh na h-Alba airson fharpaisean agus chruinneachaidhean.

Cha tachradh sìon de sin mura biodh gun robh a' Ghàidhlig ann, agus tha e na chliù do Chomhairle Siorrachd Àir an Ear agus do luchd-obrach na sgoile thairis air na bliadhnaichean gun do dh'fhiosraich uidhir de phàistean rudeigin cho deimhinneach. Bidh an t-aonad Gàidhlig a' gluasad gu àite ùr, air àrainn William McIlvanney anns a' bhaile—àrainn ùr sgoinneil airson àrd-sgoil agus bun-sgoil agus tha a' faighinn a h-uile duine air bhioran mu dheidhinn an ama ri teachd.

Tha am plana nàiseanta na chothrom eile gus a' Ghàidhlig a thoirt ceum air adhart air an turas aice agus i a' dol am feabhas. Tha an turas air a bhith doirbh do mhòran dhaoine aig a bheil gràdh air a' chànan, eadar gu bheil iad ga bhruidhinn no nach eil. Tha am plana ag amas air tarraingeachd na Gàidhlig a leudachadh taobh a-staigh coimhearsnachdan iomadach na h-Alba tro chultar, ceòl agus a h-uile foirm de chonaltradh, agus tha sin cothromach agus ceart, nam bheachd-sa, agus tha mi a' toirt mo làn thaic do na h-oidhirpean susbainteach a tha a h-uile duine a' dèanamh gus an cànan againn a dhion.

*Tiugainn 's obraichidh sinn ri chèile gus dèanamh cinnteach gun urrainn don Ghàidhlig mairsinn beò airson bhliadhnaichean ri tighinn.**

Bidh mi riamh taingeil do dh'fhear òg, ris an canar Loughlan Buchanan, a thug dhomh an abairt sin agus mar a dh'fhuaimneachar i.

Tha mi toilichte a bhith a' toirt taic do Ghluasad an Rìghaltais.

16:09

Jamie Halcro Johnston (A' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan) (Con): Mar as còir, tha a h-uile pàrtaidh anns an t-Seòmar seo deiseil is deònach dualchas Gàidhlig na h-Alba a dhion agus a chumail suas. Labhair mo cho-obriche Liz Nic a' Ghobhainn mu dheidhinn cuid den obair a ghabh Pàrtaidh Tòraidheach na h-Alba os làimh, nuair a bha iad ann an riaghaltas mus do thachair tiomnadh chumachdan, gus an cànan a bhrosnachadh còmhla ris an dualchas bheartach a tha ceangailte ris. Tha sinne a' cumail taic ris an obair sin an-diugh.

Tha mise a' cur fàilte air an obair a rinneadh air a' phlana cànan nàiseanta Gàidhlig le Bòrd na Gàidhlig agus air a' phròiseas a chruthaich am plana. Mar Bhall airson na Gàidhealtachd is nan Eilean, tha mi ag aithneachadh dualchas làidir na Gàidhlig a gheibhear gu h-àraid anns na h-Eileanan agus air a' Ghàidhealtachd an iar—gu sònraichte, ann an Leòdhas, Uibhist a Deas, Loch Abar agus Ros an Iar. Anns na sgìrean sin de dh'Alba, 's i a' Ghàidhlig cànan na beatha làitheil.

*Chaidh seo a ràdh sa Ghàidhlig.

Ach tha cultar na Gàidhlig fhathast fùranach chan ann a-mhàin air a' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan ach ann an sgìrean eile de dh'Alba. Tha an dàimh ris a' chànan a chithear ann am meadhan na dùthcha a' comharrachadh ghluasad-sluaigh nas ùr-nodha, an dèidh do Ghàidheil imrich às a' Ghàidhealtachd gu ceann a deas na dùthcha air tòir air cothroman. Tha sinn a' faicinn beagan den dìleib sin suas an rathad bhon Phàrlamaid, far a bheil Eaglais nam Manach Liath a' cumail suas seirbheis Ghàidhlig gu cunbhalach, an dèidh dhi toirt a-steach coithional Eaglais Ghàidhealach an Tolbooth agus an Naomh Eòin—tha beatha ùr air a bhith aig an togalach mar “The Hub”, dachaigh do Fhèis Eadar-nàiseanta Dhùn Èideann.

Bhruidhinn Buill mu dheidhinn nan ceanglaichean aig Glaschu ris a' chànan. Gu h-àraid tro cheòl agus tachartasan cultarach eile, tha co-dhiù beagan buaidh bhon Ghàidhlig ri fhacinn ann am mòran de dh'Alba. Gu dearbh, 's tric nach eilear ag aithneachadh cho mòr 's a bha a ruigsinneachd eachdraidheil. Co-dhiù, tha an sgìre agam a' cumail a h-àite mar dhachaigh na Gàidhlig an-diugh, gu h-àraid ann an coimhearsnachdan dùthchail. Labhair mise iomadh turas air na dùbhlain a tha ro choimhearsnachdan dùthchail is iomallach ann an Alba, gu h-àraid air a' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan. Tha fìor dhùbhlain air ar beulaibh a dhèanamh cinnteach gu bheil na coimhearsnachdan dùthchail sin seasmhach airson an ama ri teachd.

A' gluasad seachad air na sgìrean far a bheil a' Ghàidhlig air a bruidhinn, tha sinn a' faicinn iomadachd mhòr de chultaran ann an Alba. 'S ann à Arcaibh a tha mise, agus is dòcha gun do ghluais muinntir nan eilean againne bho labhairt Cruithnis gu labhairt Lochlannais agus an uair sin Beurla, gun dualchas eachdraidheil sam bith a bha ceangailte ris a' Ghàidhlig. Chan urrainn do na h-acadaimigich ach tuairmeas a dhèanamh air dè cho dlùth 's a bha Cruithnis ri cànanan Ceilteach nan eileanan Breatannach. Ann an sgìrean eile a tha mise a' riochdachadh, tha traidisean fada ann den Doric—tha fo-dhualchainnt de sin ann am Moireibh agus Inbhir Narann, a tha anns an roinn na Gàidhealtachd agus nan Eileanan. Tha sinn eòlach cuideachd air cànanan eile a thugadh do dh'Alba o chionn beagan ùine le coimhearsnachdan imrich.

Na suidhe anns a' cho-theacsa sin, tha a' Ghàidhlig mar aon thraidisean am measg mòran bhuidhean cultarach as urrainn don a h-uile duine ann an Alba aithneachadh mar phàirt den dualchas choitcheann againn. Aon eileamaid a dh'fheumas sinn spionadh às, 's e an cleachdadh—nach eilear a' dèanamh ach le beagan daoine air an oir, taing do shealbh—de chur chànanan air adhart, ann an dòigh air

choreigin, mar nì poileataigeach. Chan e nithean poileataigeach a th' ann an cànanan, agus chan eil cànanan nan airm poileataigeach nas motha, agus tha cultar a' soirbheachadh le bhith a' dol tarsainn air crìochan, chan ann le bhith às-dùnach no toirmeasgach. Anns na sgìrean far a bheil làthaireachd làidir aig a' Ghàidhlig, tha e soilleir gu bheil e ceart gu bheil i air a h-aithneachadh leis an stàit. Tha e ceart gu bheil a' gabhail suim de chultaran agus traidiseanan eadar-dhealaichte nuair a thathar a' dreachdadh poileasaidh agus a' beachdachadh air. Mar a tha am plàna Gàidhlig a' sealltainn, tha sin a' dol tarsainn nan ìrean de riaghaltas: feumar a' beachdachadh air chan ann a-mhàin le àrd-riaghaltas ach le farsaingeachd de bhuidhnean bho chomhairlean ionadail gu bùird slàinte.

Anns an ro-ràdh aige ris a' phlana, tha cathraiche Bòrd na Gàidhlig, Ailean Dòmhnallach, ag aithneachadh nan dùbhlain a thaobh fastadh luchd-obrach a tha comasach ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, mar a dh'ainmich Buill eile.

Joan NicAilpein (Alba a Deas) (SNP): Tha mi a' cur fàilte air dòigh-labhairt co-aontachail an deasbaid, ach a bheil am Ball ag aontachadh gu bheil an t-iomradh anns an Atharrachadh Tòraidheach ri,

“dèanamh cinnteach gu bheil gu leòr de luchd-teagaisg ... Gàidhlig gus an t-iartras a choileanadh”

caran cealgach, oir tha na Tòraidhean a' bacadh luchd-teagaisg teisteanach aig a bheil Gàidhlig, leithid Sìne Halfpenny, a' teagasg nar sgoiltean, a dh'aindheoin iomairt fhada—ach neo-shoirbheachail aig deireadh an latha—gus am boireannach sin, a tha à Albainn Nuadh, a theagasg ann an Eilean Muile?

An Leas-oifigear Riaghlaidh: B' e eadar-theachd fada a bha sin, a Mhgr Halcro Johnston—tha mi duilich, ach chan eil ùine a bharrachd ann as urrainn dhomh toirt dhut.

Jamie Halcro Johnston: 'S e cùis-nàire a tha ann gu bheil am Ball a' toirt a-steach in-imrich gu deasbad air planaichean airson na Gàidhlig, ach sin agaibh e.

Chan e foghlam tro mheadhan na Gàidhlig an t-aon sheirbheis phoblach far a bheil cùisean ag èirigh. Air turas gu Steòrnabhagh o chionn ghoirid, chuala mi mu dheidhinn nan duilgheadasan a thaobh fastadh luchd-obrach aig a bheil Gàidhlig airson cùram sòisealta. Tha feum ann orrasan gus taic a thoirt do sheann daoine le dementia anns na h-Eileanan a tha air dhol air ais don chiad chànan aca. Tha deagh eisimpleirean, ge-tà, de dh'adhartas. Fhad 's a bha mi an sin, choinnich mi ri stiùiriche an fhoghlaim airson na comhairle, a bhruidhinn mu dheidhinn na h-obrach a thathar a' dèanamh tro e-sgoil gus daoine òga a thàladh.

Fhuair mi an cothrom cuideachd a bhith a' cluinntinn beagan seinn anns a' Ghàidhlig, nì a thaisbein fìor dhoimhneachd cultar is dualchas na Gàidhlig air na h-Eileanan.

Tha e math a bhith a' cur air adhart a' chànain, agus tha an àrd ìre de cho-obrachadh a rinneadh ann an cur a' phlana ri chèile gun teagamh mar nì na fhàbhar. Mar a dh'ainmich Buill eile, ge-tà, ma tha a' Ghàidhlig gu bhith a' soirbheachadh anns an tìr-dhàimh aice, feumaidh sinn aithneachadh nas dlùithe a thoirt do fheumalachdan nan coimhearsnachdan iomallach dùthchail. Tha sinn air iomadh cheum air adhart a ghabhail, ach tha seasmhachd nan coimhearsnachdan sin fhathast nan cùis-iomagain do mhòran air feadh na roinne-pàrlamaid agam.

Mar a thuirt mi, tha e ceàrr a bhith a' dèanamh cùis phoileataigeach de chànain agus feumaidh sinn a bhith—

An Leas-oifigear Riaghlaidh: Tha mi duilich, ach feumaidh mi do stad an sin. 'S e deagh àite a bhith a' stad.

Jamie Halcro Johnston: Tha mi an impis crìochnachadh.

An Leas-oifigear Riaghlaidh: Fhuair thu 25 dìog a bharrachd, agus chan eil ùine a bharrachd agam.

16:14

Joan NicAilpein (Alba a Deas) (SNP): Fosglaidh mi le earrann bhon t-sàr sgrìobhaiche Joseph Conrad a bha mi riamh a' saoilinn drùidhteach. “Tha eachdraidh ag atharrais oirre fhèin”, sgrìobh e,

“ach chan fhaighear air ais gu bràth gairm àraidh ealain a tha air chall. Tha e air an saoghal fhàgail gu tur, mar fhonn an eòin fhiadhaich a chaidh a sgrios.”

Bha Conrad a' bruidhinn gu sònraichte mu dheidhinn euchdan agus cultar a' chinne-daonna anns an t-seagh as fharsainghe, agus chanainn-sa gu bheil sin a' gabhail a-steach cànan. Gu dearbh, mar a thuirt Buill eile, tha cànan air fhaicinn mar phrìomh euchd a' chinne-daonna, agus às aonais cànan cha ghabhadh gin de na h-euchdan eile againn a chur an cèill.

Nuair a thèid cànan a chall, tha e doirbh a thoirt air ais; mar a thuirt Conrad, tha e air

“an saoghal fhàgail gu tur”.

Bha mi riamh a' smaointinn air a' Ghàidhlig nuair a chuala mi an earrann sin, ma dh'fhaoidte gu h-àraid air sàilleibh na liriceachd aice agus na dòigh anns a bheil i a' cur an cèill laigse cultar a' chinne daonna. Tha coimeas eadar cunnart ri cultar daonna agus cunnartan ri beathaichean fiadhaich cuideachd iomchaidh. Mar as còir, tha sinn a' toirt taic do cheumannan a tha ag amas air am flora is

fauna againn a ghlèidheadh, agus tha sinn deiseil gabhail ri beagan ana-goireis gus a bhith cinnteach nach tèid cur às gu tur do “ghabh tarsainn”—gairm an traoin—no don ghiuthsach aosta Albannach againn.

Ach tha eag-eòlas daonna feumach air dìon cuideachd, agus chan fhaod sinn leigeil leis a' Ghàidhlig an saoghal seo fhàgail gu tur. 'S ann air an adhbhar sin a tha mise a' toirt taic don phlana nàiseanta Gàidhlig seo. Tha am plana ag amas air an cànan a dhèanamh tèarainte airson an ama ri teachd, oir tha an cànan a' giùlan leis mìle bliadhna de bheirteas cultarach, agus tha mi a' toirt taic don smuain aig a chridhe, gu bheil foghlam riatanach airson Gàidhlig mairsinn beò san àm ri teachd. Tha e ag amas air cleachdadh na Gàidhlig a mheudachadh, an àireamh de dhaoine a tha ga h-ionnsachadh a leudachadh agus dealbh tarraingeach dhith a chur air adhart.

Mar a thuirt Buill eile, tha a' Ghàidhlig a' buntainn ri Alba gu lèir, agus bidh daoine a' tighinn bho air feadh an t-saoghail gus a h-ionnsachadh agus a bhith a' mealadh a' chiùil, an litreachais agus a' bheul-aithris mu timcheall. Tha mi a' cur fàilte air a' Ghluasad, a tha a' faighinn taic thar-phàrtaidh, dìreach mar a fhuair Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 taic bhon a h-uile pàrtaidh anns a' Phàrlamaid.

Ach, a dh'aindeoin sin, feumaidh mi a ràdh gu bheil e na bhriseadh-dùil cuid a dhaoine taobh a-muigh na Pàrlamaid a chluinntinn a' càineadh na Gàidhlig, ma dh'fhaoidte a' chionn 's gu bheil iad fhèin aineolach air a' phàirt a bha aig luchd-poileataigs bhon a h-uile pàrtaidh ann a bhith ga dìon. Gu mì-fhortanach, chan annasach idir a bhith a' faicinn bheachdan riaslach air na meadhanan sòisealta agus fiù 's anns na meadhanan traidiseanta, le amaideas mu dheidhinn chànain marbha gun fheum. Tha e cudromach gu bheil sinn a' strì calg-dhireach an aghaidh sin.

'S e aon argamaid shàrachail a chluinnear—agus tha seo buntainneach ris an sgìre agam fhìn—nach buin a' Ghàidhlig ris a h-uile sgìre de dh'Alba. Chaidh an argamaid sin a dhèanamh air na meadhanan sòisealta o chionn ghoirid le comhairliche—chan ainmich mi am pàrtaidh aige, oir tha e gu math òg, agus tha mi a' smaointinn nach eil e riochdachail den phàrtaidh aige. Thuirt e air na meadhanan sòisealta nach eil ceangal sam bith ris a' Ghàidhlig anns a' chèarnaidh aigesan de thaobh a deas Alba.

Iain Ó Finnaí: An gabh am Ball eadar-theachd?

Joan NicAilpein: Gabhaidh.

An Leas-oifigear Riaghlaidh: Gabhaibh mo leisgeul. Chaidh mi air seachran an sin—bidh mi a' dol air seachran corra uair. Tha mi a' gairm Mgr Ó Finnaí.

Iain Ó Finnaí: Am biodh am Ball ag aontachadh rium nach eil e an-còmhnaidh cuideachail a bhith a' toirt nan nithean àicheil gu aire dhaoine—

An Leas-oifigear Riaghlaidh: Mionaid bheag, a Mhgr Ó Finnaí. Labhair anns a' mhicrofon agad, gus an cluinn sinn thu.

Iain Ó Finnaí: Gabhaibh mo leisgeul, Oifigear Riaghlaidh. A bheil am Ball ag aontachadh rium nach eil e cuideachail a bhith ag ath-aithris liosta fhada de nithean àicheil? An àite a bhith gan cur air adhart, bu chòir dhuinn cluas bhodhar a thoirt do na daoine sin. Mar a thuirt i, gun fhacal brèige, mar as tric 's e an t-aineolas a bheir orra a dhèanamh.

Joan NicAilpein: Cha do shaoil mise gum b' e liosta fhada de nithean àicheil a bha ann, agus tha mi dìreach dol a chur a' chomhairliche ceart.

Tha mise a' riochdachadh Alba a Deas, far a bheil dualchas làidir Gàidhlig ann dha-rìreabh. Chleachdadh a' Ghàidhlig fad is farsaing ann an iar-dheas na h-Alba eadar an 9mh linn agus an 11mh linn. O thùs, bha an t-ainm "Galloway", no "Gall-ghàidhealaibh", a' ciallachadh "tir nan Gàidheal cèin". Tha Annalan Uladh ag ainmeachadh Ailean, Tighearna Ghall-ghàidhealaibh, mar "rìgh nan Gall-ghàidheal". Bha Gall-ghàidhealaibh uair na rìoghachd neo-eisimeileach cuideachd. Thathar ag ràdh gur e nàdar àraidh Ghall-ghàidhealaibh a b' adhbhar gun do mhair a' Ghàidhlig ann an taobh siar na sgìre an dèidh Scots gabhail thairis ann am pàirtean eile de Ghalldachd na h-Alba. Tha blog inntinneach ann, air a sgrìobhadh le Alistair Livingston à Caisteal Dhùghlais, a rinn tòrr obrach air a' chuspair. 'S e "greengalloway" an t-ainm a tha air, agus mholainn gu mòr e do dhuine sam bith aig a bheil ùidh sa chùis.

Nas fhaide am-bliadhna, anns an t-Sultain, bidh an t-ionad ealain CatStrand ann an Gall-ghàidhealaibh Nuadh a' cumail co-labhairt fad latha air Gàidhlig Ghall-ghàidhealaibh, le sgoilearan iomraiteach a' gabhail pàirt. Tha na tiogaidean uile air an reic cheana, agus tha sin ag innse gu bheil mòran daoine airson comas na Gàidhlig a rùrachadh a thaobh turasachd chultarach ann an iar-dheas na h-Alba.

Ann an co-dhùnadh, tha a' Ghàidhlig airson a h-uile duine ann an Alba, agus 's ann air an adhbhar sin a tha mise a' toirt taic don Ghluasad.

An Leas-oifigear Riaghlaidh: Bidh mi a-nis a' gairm—aon an dèidh a chèile—Leòdhas Dòmhnallach, air a leantainn le Aonghas Dòmhnallach.

16:20

Lewis Dòmhnallach (Ear-Thuath na h-Alba) (Lab): Chithear na faclan

"An Tir, an Cànan 's na Daoine",

air bratach duilleag-aghaidh Pàipear Beag an Eilein Sgitheanaich, a' chiad phàipear-naidheachd anns an Rìoghachd Aonaichte a bha an seilbh an luchd-obrach, a tha stèidhichte anns an Eilean Sgitheanach. Tha an abairt a' dèanamh iomradh air na sluagh-ghairmean aig Liog an Fhearainn air a' Ghàidhealtachd agus ri Pàrtaidh nan Croitearan anns an 19mh linn. Tha e math a bhith a' comharrachadh na taice a fhuair a' Ghàidhlig bhon a h-uile pàrtaidh thairis air an 30 bliadhna mu dheireadh, agus tha e ceart a ràdh gu bheil an cànan na phàirt de bheairteas dualchasach na h-Alba. Ach cha bu chòir dhuinn idir dìochuimneachadh tùsan iomairt a' chànain ann an strì nan clasaichean agus na cogaidhean fearainn air a' Ghàidhealtachd agus ann an Innse-Gall anns na linntean a dh'fhalbh.

Nuair a thug Ministearan Làbarach ullachaidhean a-steach leithid Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, rinn iad sin chan ann a-mhàin gus taic a thoirt do dh'iomadachd chultarach agus inghabhalachd, ach gus còraichean agus aithneachadh co-ionann a choileanadh, mu dheireadh thall, airson seann chultar nam fineachan Gàidhealach, agus bha sin a cheart cho cudromach 's a tha còraichean air fearann agus an cead-bhòtaidh deamocrataigeach airson riaghaltas ionadail agus nàiseanta.

Nuair a thòisich comhairlean Làbarach leithid Comhairle Roinneil Shrath Chluaidh agus Comhairle Baile Ghlaschu air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a thabhann airson a' chiad uair taobh a-muigh na Gàidhealtachd, bha iad ag aithneachadh cha b' ann dìreach gun robh na Gàidheil sgapte ach gun robh feum aig a' Ghàidhlig air inbhe cho-ionann air feadh Alba ma bha i gu bhith a' faighinn làn thaic anns na coimhearsnachdan dùthchasail aice. Tha na beachdan sin aig na pàrtaidhean uile an-diugh agus aig buidhnean poblach, agus mar sin tha e furasta dìochuimneachadh mar a bha bruidhinn na Gàidhlig air a bhacadh, agus cho làidir 's a bha am bacadh sin.

Nuair a chaidh na daoine fhuadach bhon fhearann, anns na 1700an agus na 1800an, cha b' e dìreach teachd-an-tìr a chailleadh; chaill iad cuideachd an ceangal a bh' aca uile ris an fhearann agus ris na ginealaichean a dh'fhalbh, tron chànan agus tro eòlas air daoine agus air àite.

O chionn beagan bhliadhnaichean air ais, chaidh innse dhomh mu dheidhinn taigh nam bochd ann an Tobar Mhoire le mac cuideigin a bha ann. Bhiodh Muilich aig an robh Gàidhlig a' sireadh tèarmann ann an taigh nam bochd sin cho anmoch ris na 1890an, an dèidh dhaibh a bhith air

* Chaidh seo a ràdh sa Ghàidhlig.

an sgiùrsadh bho an dachaighean. An rud a bhuail air athair mo charaid, b' e nach robh na daoine seo dìreach nan dèircich; bha iad uile gu lèir air am buaireadh le meud an calltachd, a thug buaidh air cò iad mar dhaoine, cho math ris na bh' aca de chuid an t-saoghail. Dh'fhaodadh an sgeul sin ath-innse a-rithist is a-rithist bho shrathan Dùthaich Mhic Aoidh gu bruaichean Loch Tatha agus gu na h-eileanan as fhaide siar ann an Innse-Gall. Seo sgeulachd air call cultarach a' dol an cois easbhaidh stuth.

Ann an deasbad air a' Ghàidhlig anns an 21mh linn, is feàrrd sinn cuimhneachadh air an eachdraidh sin, a tha a' sìneadh air ais gu Comhairle Dhìomhair na h-Alba ag aontachadh ri Reachdan Ì ann an 1609. B' e èifeachd nan laghan sin foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a thoirmeasg do mhic nan ceann-cinnidh, le adhbhar a bha a cheart cho soilleir ris na laghan a tha a' cur taic ri foghlam tro mheadhan na Gàidhlig an-diugh. Mar a chuala sinn, chaidh Gàidhlig a chumail fodha ann an sgoiltean na h-Alba fad còrr is 300 bliadhna. Tha tòrr obair càraidh againn ri dhèanamh, agus 's e an rud as iongantach mu dheidhinn na Gàidhlig chan e gun do chrìonaich i ach gun do mhair i idir beò.

Tha am plana cànan nàiseanta Gàidhlig ceart a bhith ag iarraidh

“tuilleadh spionnaidh do choimhearsnachdan Gàidhlig ann am bailtean is bailtean-mòra”.

agus chaidh fìor adhartas a dhèanamh air sin anns na 30 bliadhna a dh'fhalbh. Bha mo nighean lona a' mealtainn foghlam tro mheadhan na Gàidhlig anns an sgoil-àraich agus anns a' bhun-sgoil ann an Obar Dheathain, bha i ag ionnsachadh agus a' deasbad anns a' Ghàidhlig anns an àrd-sgoil agus a-nis, mar oileanach anns an oilthigh, tha i a' cumail suas a sgilean le bhith ag obair anns an fheasgar le clann aig a bheil a' Ghàidhlig ann an Glaschu. Bhiodh i ag iarraidh orm luaidh a thoirt air Màiri Morley, a bha na h-oifigeair Gàidhlig airson Comhairle Obar Dheathain airson grunn bhliadhnaichean, le uallach airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. O chionn ghoirid, thill i dhachaigh a dh'Uibhist, agus bhàsaich i ro òg. Nas fhaide an-diugh, bidh a caraidean a' cruinneachadh ga cuimhneachadh. Chuidich Màiri gu mòr le bhith a' cumail taic ri a cainnt mhàthaireil, ga cumail suas anns an linn seo fhèin agus ga cur air adhart air feadh Alba, agus bu chòir a moladh gu cridheil airson sin.

Tha a' Ghàidhlig air adhartas a dhèanamh ann am bailtean na h-Alba agus bu chòir dhi leantainn oirre adhartas a dhèanamh, ach chan eil sìon a ghabhas àite cainnt air a bruidhinn am measg an t-sluaigh ann an coimhearsnachdan na Gàidhealtachd 's nan Eilean. Mar sin, feumaidh a' chiad phrìomhachas againn a bhith a' cumail suas slàinte is lùths na Gàidhlig mar chànan

coimhearsnachd anns na h-àitichean sin far a bheil ga tar-chur mar chiad chainnt bho ghinealach gu ginealach. Tha mi a' cur fàilte air a' chuideam a tha ga chur air tìr-dhàimh na Gàidhlig anns an treas eagran seo de phlana cànan nàiseanta na Gàidhlig fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

Ann an co-dhùnadh, tha mi ag iarraidh air Ministearan beagan a bharrachd a ràdh air mar a mheasas iad soirbheachas a dh'ionnsaigh coileanadh an amais sin. Tha ceangal gun sgaoileadh aig na tha an dàn don Ghàidhlig mar chànan coimhearsnachd ris na tha an dàn do mhòran de na coimhearsnachdan againn air an oir, agus ma tha an t-àm ri teachd gu bhith seasmhach don chànan, feumaidh e a bhith seasmhach do na coimhearsnachdan sin cuideachd. Bheireadh sin an comas don Ghàidhlig ceum eile air adhart a ghabhail air an t-slighe cheart.

16:25

Aonghas Dòmhnallach (An Eaglais Bhreac an Ear) (SNP):

Bruidhinn am ball sa Ghàidhlig.

Tha mi toilichte a bhith a' bruidhinn anns an deasbad an-diugh air plana nàiseanta na Gàidhlig, ach gu mo nàire sheasmhach, ged a rugadh agus a thogadh mi anns na h-Eileanan Siar, chan urrainn dhomh fhathast bruidhinn gu fileanta ann an cànan mo shinnsearan air gach taobh de mo theaghlach.

Bidh mi a' sabaid airson a' chànan, ge-tà, fhad 's a bhios an deò annam, gus dèanamh cinnteach gum bi Gàidhlig beò airson linntean ri teachd. Mar sin, bha mi toilichte a bhith nam neach-gairm air buidheann thar-phàrtaidh na Gàidhlig anns an t-seisean mu dheireadh den Phàrlamaid, ach tha mi toilichte gu bheil e a-nis fo làimh ealanta le Ceit Fhoirbeis mar neach-gairm ùr.

Cho math 's as toigh leam Gàidhlig a chleachdadh an-dràsta 's a-rithist, feumaidh mi tionndadh gu Beurla

Lean am ball air a' bruidhinn ann am Beurla.

A-nis bu mhath leam mòran—is dòcha a' chuid as motha—den ùine shònraichte agam a chleachdadh am feasgar seo gus beachdachadh gu dlùth air maoinachadh MG Alba agus BBC Alba. Tha mi cinnteach gu bheil an Seòmar gu lèir a' cur fàilte air an naidheachd bhon t-seachdain a chaidh gu bheil an riaghlaid air craolaidh Ofcom air cead a thoirt do shianal ùr telebhisein airson Alba. Ach cha bu chòir sin cron a dhèanamh air a' mhaoineachadh no air na prògraman aig BBC Alba.

Tha fhios againn gu bheil BBC Alba a' cur gu mòr ri cultar, dearbh-aithne agus eaconamaidh na h-Alba, a' brosnachadh cho-obrachaidhean eadar-nàiseanta agus a' cruthachadh phrògraman a tha aithnichte gu h-eadar-nàiseanta. Am-bliadhna, tha BBC Alba a' comharrachadh an 10mh bliadhna aige. Tha deagh chuimhne agam air a' phàrtaidh bogaidh, a chaidh a chumail anns a' bhaile mhòr seo; chòrd an tachartas ris a h-uile duine, mar a bhiodh Buill an dùil.

Chan eil teagamh ann nach eil BBC Alba air mòr atharrachadh a thoirt air àbhaisteachadh a' chànan, ga thoirt gu luchd-èisteachd làitheil nas fharsainge na bha riamh aig a' Ghàidhlig roimhe. Cha bheag an obair sin, fa chomhair meud a' bhuidseit aige. Tha mi cinnteach gu bheil sinn uile ag aontachadh gur e BBC Alba aon de na buannachdan as motha don Ghàidhlig anns na beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh. Ach tha dà dhùbhlán roimhe. 'S e aon dhiubh an t-uiread maoin eachaidh a tha iad a' faighinn, a tha air a bhith aig an aon ìre airson iomadh bliadhna; agus 's e an dùbhlán eile gu bheil sianal ùr BBC Scotland air faire. Chan eil e soilleir fhathast ciamar a nì am BBC cinnteach gum bi an leasachadh sin a' toirt taic do BhBC Alba agus nach bi e a' toirt air falbh bho àireamhan luchd-coimheid.

An-dràsta, tha buidseat aig MG Alba bho Riaghaltas na h-Alba de £12.8 millean, air a dhèanamh suas de £11.8 millean de bhun-mhaoineachadh agus £1 millean a bharrachd de mhaoineachadh bliadhnail airson brùthaidhean cosgais. Anns a' bhliadhna ionmhasail mu dheireadh, mhaoinich sin: 443 uairean a thide de phrògraman telebhisein ùra agus cosgaisean ceangailte leithid chòraichean; 28 uairean a thide de rèidio; LearnGaelic; agus 100 uairean a thide de cheanglaichean sianail bho na stiùidiothan ann an Steòrnabhagh.

Tha an t-uiread sin de phrògraman air an dèanamh air buidseat telebhisein cho beag tro mheasgachadh de choimiseanadh aig meud mòr agus cuairtean de choimiseanadh ràitheil. Anns an luchar 2017, thòisich eadh air cùmhnantan ùra ceithir-bliadhna le ochd companaidhean riochdachaidh neo-eisimeileach, le gealltanais bho MG Alba airson £25.6 millean thairis air teirm a' chùmhnaidh. Tha na cùmhnantan a' gabhail a-steach dràma, spòrs, ceòl, prògraman cloinne agus prògraman dibhersein, uile bho chompanaidhean riochdachaidh neo-eisimeileach. Tha sin a' toirt ghealltanais-solair fad-ùine don t-sianal a bharrachd air obraichean a dhèanamh tèarainte, a' brosnachadh seasmhachd agus cunbhalachd taobh a-staigh an raoin neo-eisimeilich. Tha na cùmhnantan cuideachd nam bun-stèidh airson co-obrachadh innleachdach. Tha MG Alba air £950,000 de luach-a-bharrachd a chruthachadh airson an t-sianail bho na

cùmhnantan fad-ùine mar thoradh air co-obrachaidhean, agus tha iad an dùil gun lean an gluasad sin air le pròiseactan àrd-amasach eadar-nàiseanta.

Air sgàth ìre maoin eachaidh MG Alba, chan urrainn dhaibh cuireadh a thoirt ach do dhà chuairt coimiseanaidh ràitheil gach bliadhna, a tha ag àrdachadh luach riochdachaidh agus a' cruthachadh phrògraman a dh'aon ghnòthach airson an t-sianail. Bu chòir a ràdh gum biodh am Maoin Telebhisein Gàidhlig tùsail, a b' fhiach £9.5 millean ann an 1992—a chaidh ainmeachadh na bu tràithe san fheasgar seo—luach £18.2 millean an-diugh, ma bheir sinn fa-near a' chlár phrìsean reic. Anns na bliadhnaichean tràtha, chaidh cuibheasachd bhliadhnail de 165 uairean a thide a mhaoineachadh, mus deach cumhachdan coimiseanaidh a thoirt don bhuidheann. Le 443 uairean a thide sa bhuidseat airson 2017-18, tha MG Alba air toradh a choileanadh de 268.5 sa cheud de na h-uairean a thide eachdraidheil aca a dh'aindeoin lùghdachadh ann am maoin eachaidh, ann an cumhaichean da-riribh, de 29.7 sa cheud. Mar sin, tha e deatamach gun cumar suas an ìre maoin eachaidh a tha ann an-dràsta, air chor 's gum bi bun-stèidh maoin eachaidh aig MG Alba a tha seasmhach agus a tha a' toirt a-steach an £1 millean agus an £11.8 millean a bhios riatanach gus barrachd tasgaidh a tharraing a-steach bhon BhBC. Bu mhath leam gealladh bhon Leas-phrìomh Mhinistear gum bithear a' beachdachadh air sin anns an àm ri teachd.

Cha chòir dhuinn diochuimhneachadh nach biodh cuairtean coimiseanaidh ann mura biodh am maoin £1 millean aca airson brùthaidhean cosgais. Tha 114.5 obraichean ionann is làn-ùine an geall—obraichean a chaidh a chruthachadh anns na h-Eileanan Siar agus an Eilean Sgitheanach leis a' mhaoin aig MG Alba; fa chomhair an diofar ann an àireamh-sluaigh, bhiodh an àireamh sin co-ionann ri barrachd air 11,000 cosnadh ann am meadhan na dùthcha.

16:30

Oliver Mundell (Siorrachd Dhùn Phrise) (Con): Bidh iongantais air feadhainn de luchd-taghadh na sgìre pàrlamaid agam, agus air feadhainn de mo cho-obraichean, gu bheil mise a' gabhail pàirt anns an deasbad seo. Leis an fhìrinn innse, cha robh mi daonna nam fhear-brosnachaidh no nam thagraiche airson na Gàidhlig.

Fhuair mi an deasbad inntinneach agus fiosrachail. Thug òraid Cheit Fhoirbeis gu h-àraid lèirsinn eadar-dhealaichte air na h-iomagainean a chluinneas mi gu tric bho luchd-bhòtaidh mu dheidhinn chuspairean a tha nan "sop air sgàth sgoinne". Nì mi mo dhìcheall gun a bhith a' toirt liosta fhada de nithean àicheil. Chan eil mise a'

saoilsinn gu bheil an deasbad air fad làn ghràin, ach tha clùisean toinnte ann, a thaobh cultar agus an comann sòisealta, anns an sgìre a tha mise a' riochdachadh. Tha muinntir Alba a Deas a' faireachdainn fo chunnart bho dhlùth-chruinneas, bho dhinneadh bho àrd-riaghaltas agus bho dhearmad air a' chultar dhùthchasail againn. Nuair a dh'aithnichneas sinn sin, tha e cudromach gu bheil sinne a tha a' fuireach ann an taobh deas Alba ann an coimhearsnachdan far nach robh Gàidhlig na pàirt den dualchas no de bheul aithris—

Am Ministear airson Leasachadh Eadar-nàiseanta agus Eòrpa (An Dr Alasdair Allan): A bheil Oliver Mundell ag aithneachadh gu bheil ainm Gàidhlig air a' chloich mhòir aig Gretna, a' chlach Loch Mhabain, agus gu bheil an t-ainm a' dèanamh iomradh air clach agus chan ann air loch? A bheil e a' moladh dha-rìribh nach robh Gàidhlig riamh na pàirt de dhualchas Alba a Deas?

Oliver Mundell: Chan eil mi idir ag ràdh nach robh a' Ghàidhlig riamh na pàirt de dhualchas Alba a Deas. Ach, air sàilleibh raon adhbharan eachdraidheil, cultarach agus sòisealta, tha e soilleir nach eil an aon cheangal cultarach ris a' chànan anns gach pàirt den dùthaich. Mar a dh'aithnich Leòdhas Dòmhnallach anns an òraid aigesan, nuair a thathar a' feuchainn ri Gàidhlig a chur air adhart—nì ris a bheil mi a' toirt mo làn thaic—feumar a bhith mothachail air eachdraidh agus tobairichean na Gàidhlig agus, gu h-àraid, a' bhrìgh chultarach a tha aice ann an iomadh ceàrnaidh de roinn na Gàidhealtachd. Cha bu chòir nàire a bhith oirnn mu dheidhinn sin; feumaidh sinn na connspaidean a thuigsinn agus aithneachadh ma tha sinn gu bhith a' dèiligeadh ri cuspairean cultarach frionasach a thaobh togail na Gàidhlig agus togail fìor fhaireachdainn coimhearsnachd mu dheidhinn na Gàidhlig mar chànan labhairte agus dearbhadh do dhaoine gu bheil an cànan a' buntainn ri Alba gu h-iomlan.

Tha e na theist air fialaidheachd nan Gàidheal aig a bheil an cànan mar chainnt mhàthaireil, gu bheil iad deònach an cànan aca a cho-phàirteachadh leinn uile agus a bhith ga fhàicinn mar nì a bhuineas dhuinn uile gu cultarach, gu h-àraid an dèidh nan duilgheadasan agus an aintighearnas a dh'fhuiling iad thairis air mòran bhliadhnaichean. Tha e cudromach gum bu chòir dhuinn uile obair le chèile agus feuchainn ri co-aontachd a thogail. Chuala mi feadhainn ag ràdh nach bu chòir don Ghàidhlig a bhith air a dèanamh na nì poileataigeach, agus tha sin ceart agus cudromach. Ma tha sinn gu bhith a' dèanamh a' chànan tèarainte mar chànan beò anns an am ri teachd, feumaidh sinn aithneachadh nach urrainn do luchd-poileataigs agus do ghnìomhan an Riaghaltais cànan a chumail beò. Feumaidh daoine a bhith misneachail anns a' bheachd aca

gun urrainn don chànan a bhith, agus gu dearbh gu bheil i, a' buntainn ris a h-uile duine.

Feumaidh sinn aithneachadh gu bheil a' Ghàidhlig fhathast ann an suidheachadh cugallach, mar a thuir mòran Bhall. Chan urrainn dhuinn an coire a chur air duine sam bith an seo airson nam mearachdan a rinneadh ann an linn cogadh nan con, ach nuair a tha sinn a' faicinn lùghdachadh ann an àireamhan a' chunntas-sluaigh, feumaidh sinn aithneachadh gu bheil sin mar thoradh air a' choimhearsnachd a' tighinn gu aois àraid, agus tha sin a' ciallachadh nach bi daoine an-còmhnaidh ann a' bruidhinn a' chànan aca. 'S ann air an adhbhar sin a tha foghlam tro mheadhan na Gàidhlig cho cudromach, agus gu bheil sinn ag amas nar n-oidhirpean air na coimhearsnachdan far a bheil iartras ann airson àireamh an luchd-bruidhne a mheudachadh. Feumaidh sinn dèanamh cinnteach gun libhrig sinn na goireasan sin uile a tha a dhith dhaibhsan a tha ag iarraidh an cànan a thoirt air adhart.

16:35

Ben Mac a' Phearsain (Dùn Èideann a Tuath agus Lìte) (SNP): Tha mi a' cur fàilte air a' chothrom labhairt anns an deasbad chudromach seo air plana nàiseanta na Gàidhlig aig Riaghaltas na h-Alba agus air a' mhòr amas aige Gàidhlig a dhèanamh tèarainte san àm ri teachd ann an Alba, a' togail air Achd 2005 agus na leasachaidhean, adhartas agus soirbheas a fhuair anns an ùine bhig a dh'fhalbh.

Tha mi a' bruidhinn an-diugh chan ann mar neach-labhairt na Gàidhlig ach gu deimhinn mar fhear aig a bheil spèis dhi agus mar Bhall Pàrlamaid sgìreil. Innsidh mi carson a tha sin cudromach ann an ùine nach bi fada. Bhon eòlas agam, gach cuid mar BhPA sgìreil agus gu coitcheann, tha mi a' tuigsinn staid lag a' chànan agus mar a thachair sin gu h-eachdraidheil, ach cuideachd gu bheil lùths aice a tha a' fàs, gu h-àraid anns an àrainneachd bhailteil an seo anns an sgìre-phàrlamaid agam, Dùn Èideann a Tuath agus Lìte.

Tha a' Ghàidhlig a' cur gu mòr ri adhartas cultarach, agus ri caractar sòisealta is iomadachd chultarach ar comainn shòisealta. Tha luach mòr foghlaim innte dhaibhsan a tha ag ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig. Tha mi a' cur fàilte air plana nàiseanta na Gàidhlig, gu h-àraid a chionn 's gu bheil e ag aithneachadh mar a tha a' Ghàidhlig a' cur ri iomadh àrainn de bheatha na h-Alba ann an dòigh a tha air leth agus cudromach. Nuair a leugh mi a' phàirt sin den phlana, smaoinich mi air dithis air a bheil mi eòlach. 'S i a' chiad dhiubh Dolina NicIllInnein: is fhada a tha i air a bhith na tagraiche airson na Gàidhlig, agus tha i ainmeil do choimhearsnachd Ghàidhlig Dhùn Èideann mar bhana-chleasaiche agus mar

sheinneadair. Tha i a' còmhnaidh ann an Dùn Èideann, agus chuir i fàilte air mo phàrantan nuair a ghluais iad à Leeds don bhaile, agus an uair sin chuir i fàilte orm fhìn nuair a ghabh mi ann am Pàrtaidh Nàiseanta na h-Alba. Anns an dol seachad, o chionn beagan sheachdainean air ais, nochd i anns a' phrògram "Still Game"—ma dh'fhaoidte gum faca Buill i. Tha Dolina air cur gu mòr ri leasachadh na Gàidhlig, agus tha mi a' smaointinn oirre an-diugh agus air mar a tha sinn a' togail air na thug ise gu buil.

'S e an dàrna pearsa aon den luchd-bhòtaidh agam, agus tha esan a' riochdachadh a' ghinealaich as òige—Phil MacHugh. Mar neach-telebhisein iomraiteach, chuidich e leis a' Ghàidhlig a bhrosnachadh anns an obair aige. Tha sin na shamhla air mar a tha a' Ghàidhlig air a toirt bho aon ghinealach gu ginealach eile agus mar a tha i cho buntainneach ri cultar nam meadhanan Albannach an-diugh, a bharrachd air anns na h-amannan a dh'fhalbh.

Tha mi cuideachd a' smaointinn air luchd-poileataigs, leithid mo cho-obraiche Deidre Brock BP, a bha na tè-bhrosnachaidh na Gàidhlig an seo ann an Dùn Èideann nuair a bha i na comhairliche. Bha Deidre ag agairt gu robh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig cudromach, an dà chuid do sheasmhachd na Gàidhlig anns an àm ri teachd ach cuideachd mar rudeigin a tha a' saobhreachadh siostam an fhoghlaim againn an seo ann an Dùn Èideann agus air feadh na dùthcha. Tha sin cudromach, ma tha sinn airson gu leòr a luchd-bruidhne na Gàidhlig fhaicinn a' tighinn tro shiostam an fhoghlaim gus a' Ghàidhlig a dhèanamh tèarainte anns an am ri teachd.

Bha mi ag obair ann an oifis na sgoile aig àrd-sgoil Sheumais Ghilleasbuig fad bliadhna, agus mar sin tuigidh mi cho cudromach 's a tha an sgoil sin airson foghlam àrd-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig an seo ann an Dùn Èideann. Leasaich sin an tuigse agam gu brosnachail air cho cudromach 's a tha an cànan. Chaidh mi an-dè, ge-tà, gu Bunsgoil Taobh na Pàirce, an sgoil air a sònrachadh airson na Gàidhlig ann an Dùn Èideann, agus abair gu robh sin mìorbhaileach. Tha an sgoil a' soirbheachadh agus tha an sgoil-àraich cha mhòr a' cur thairis—tha iarrtas anabarrach mòr ann air a son. Tha a' bhun-sgoil air leth beothail, le dòighean-obrach ùr-nodha agus iomadachd na cloinne a tha a' tighinn còmhla anns an sgoil sin ann an Lìte—àite a tha anabarrach iomadach mar-thà. Tha an sgoil a' toirt beatha as ùr don t-seann bhun-sgoil Chlèirich air Rathad Bonnington agus tha i a' toirt slighe air adhart don chànan san àm ri teachd anns an àite sin. Tha an sgoil iongantach gu deimhinn, agus tha mi a' moladh gun tèid daoine ga faicinn ma tha iad ag iarraidh eisimpleir de dheagh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

Ann an Dùn Èideann, tha an àireamh de luchd-bruidhne na Gàidhlig a' fàs, agus feumar fàilte a chur air sin. Tha mi air mo dhòigh airson Glaschu, fa chomhair na chaidh ainmeachadh an-diugh, agus bha mi air mo dhòigh cuideachd a' cluinntinn Rùnaire a' Chaibineit ag ràdh gu bheil esan agus na h-oifigich aige ag obair gus molaidhean a thoirt air adhart airson goireas àrd-sgoile foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an Dùn Èideann a bharrachd air àrd-sgoil Sheumais Ghilleasbuig, agus an àireamh de luchd-bruidhne na Gàidhlig a' sìor-dhol am meud. Tha mi a' dèanamh fiughair ri sin fhaicinn an ceann greis.

Tha mi ag aontachadh gu tur gu bheil an dà-chànanachas ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a' leasachadh na h-inntinne. Chan eil teagamh mu dheidhinn sin bho na chunnaic mise. Os cionn na h-uile, 's e leasachadh ion-ghabhailta a tha ann. Tha e a' toirt bhuannachdan dhuinn uile—bho sgìrean dùthchail gu sgìrean bailteil—agus bu chòir don h-uile duine fàilte a chur air sin. Bu chòir dhuinn fàilte a chur air a' phlana cuideachd.

16:41

Rhoda Ghrann (A' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan) (Lab): Tha mi toilichte fàilte a chur air a' phlana seo. Tha mi toilichte cuideachd fàilte a chur air an deasbad, anns an robh mòran aonta mun phlana agus na prìomhachasan ùraichte aige. Tha gach pàrtaidh air innse a' ghealltanais aca airson na Gàidhlig agus na rinn iad don chànan. Mar a dh'ainmich Ceit Fhoirbeis, tha a h-uile pàrtaidh air a bhith taiceil, ach bu chòir do Bhuill leigeil leam car tamaill bhig fhad 's a tha mi a' cur cuideam air dealas a' Phàrtaidh Làbaraich agus na rinn sinn anns an aimsir a chaidh seachad.

B' e comhairle Làbarach a dh'fhosgail a' chiad aonad foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, comhairle Làbarach a dh'fhosgail a' chiad sgoil foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus Riaghaltas air a stiùireadh leis a' Phàrtaidh Làbarach a thug a-steach Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, a chaidh a stiùireadh tron Phàrlamaid le mo cho-obraiche Peadar Peacock. Mar a thuirt Leòdhas Dòmhnallach, b' e amas na h-achd inbhe cho-ionann a thoirt don Ghàidhlig. Tha mise pròiseil às an obair sin agus pròiseil gun d' fhuair na h-ìomairtean sin taic thar-phàrtaidh. Feumaidh sin leantainn air ma tha sinn gu bhith a' dìon ar cànan agus ar dualchais còmhla ris. Thug Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 beatha do phlana nàiseanta na Gàidhlig, agus feumaidh sinn togail air.

Tha an t-Atharrachadh Tòraidheach, a chaidh a ghluasad le Liz Nic a' Ghobhainn, a' cur cuideam air cùisean foghlaim. Bhruidhinn Liz Nic a' Ghobhainn agus Iain Gray mu dheidhinn a'

ghainnead luchd-teagaisg airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Feumaidh Riaghaltas na h-Alba dèanamh cinnteach gu bheil tidsearan gu leòr ann. Tha e math gu bheil togalaichean againn airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, ach mura bheil luchd-teagaisg ann a dh'obraicheas anns na sgoiltean sin, cha choilean iad an obair air an deach an dealbhachadh.

Tha cultar air atharrachadh, agus tha foghlam air atharrachadh cuideachd. Bhruidhinn Iain Gray mu dheidhinn mar a bha sgoilearan bho na h-Eileanan aig an àrd-sgoil ann an Inbhir Nis gam meas neònach agus mar a chuir siostam nan sgoiltean sin bacadh air cleachdadh na Gàidhlig. Bhruidhinn Iain Ó Finnaí mu dheidhinn fàs suas gun Ghàidhlig ri fhaotainn, agus mar a dh'atharraich sin anns a' Ghearastan leis an sgoil foghlam tro mheadhan na Gàidhlig an sin.

Thuirt Claire Baker gun do chùm ar coimhearsnachdan Gàidhlig beò fhad 's a bha riaghaltas agus foghlam ga mì-mhisneachadh. Rinn Leòdhas Dòmhnallach a' phuings gu bheil mairsinneachd nan dearbh choimhearsnachdan sin agus mairsinneachd na Gàidhlig air an dlùth-cheangal ri chèile uiread 's gum feum sinn an dà chuid a ghlèidheadh gus fear seach fear a mhairsinn beò.

Carson a tha feum againn air a' Ghàidhlig? Thàinig Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 gu bith a chionn 's gun robh an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig a' tuiteam. Is urrainn dhuinn leughadh ann an leabhraichean eachdraidh mu dheidhinn daoine saobhir agus ainmeil, ach tha eachdraidh an t-sluaigh air a ghlèidheadh ann an òrain, bàrdachd agus seachas. Ann am pàirt mhòr de dh'Alba, tha na sgeulachdan sin air an innse anns a' Ghàidhlig—eachdraidh Lìog an Fhearainn air a' Ghàidhealtachd, mar eisimpleir, mar a dh'ainmich Leòdhas Dòmhnallach.

Chan ann dìreach air a' Ghàidhealtachd a tha cultar agus dualchas air an glèidheadh anns an dòigh sin. Mar thoradh air crìonadh a' chànain ann an iomadh pàirt de dh'Alba, tha sinn a-cheana air pàirt den eachdraidh is cultar sin a chall, agus feumar stad a chur air an dol air ais sin. Rinn an sgeulachd a dh'innis Willie Rennie mu dheidhinn an t-seòmair uaine an dearbh phuings sin.

B' i a' Ghàidhlig seann chànan na cuid as motha de dh'Alba; gu dearbh, chleachdadh i fiù 's ann an taobh a tuath Shasainn. Ach chailleadh mòran de sin, agus còmhla ris, eachdraidh nan sgìrean sin agus eachdraidh is cultar nan daoine cumanta a dh'fhuirich annta. Tha mise a' smaointinn, nan lorgadh sinn beagan de sin, bhiodh ùidh anns a' Ghàidhlig ag ath-bheothachadh anns na sgìrean sin.

Tha cuideachd argamaid eaconamach ann airson Gàidhlig a dhìon agus fhàs. Bhruidhinn

Aonghas Dòmhnallach mu dheidhinn BBC Alba agus Radio nan Gàidheal agus a' bhuannachd a th' annta do dh'iomadh pàirt den Ghàidhealtachd 's na h-Eileanan. Tha na stèiseanan fèin-fhoghainteach sin a' cur air adhart trèanadh anns gach taobh de na meadhanan, agus tha sin a' cruthachadh obraichean. Tha mòran dhiùbsan a fhuair buannachd asta air ghluasad gu meadhanan na Beurla, agus tha sin a' leigeil le daoine cruthachail òga eile an àitichean a ghabhail.

'S e Sabhal Mòr Ostaig a' cholaiste mhòr Ghàidhlig ann an Slèite, anns an Eilean Sgitheanach. Chaidh an sgìre sin a lèirsgrìos le eilthreachd, ach tha a' cholaiste air coimhearsnachd ùr bheothail a thogail mun cuairt. Tha argamaid ann gu bheil an tasgadh sin, a tha a' sìor-thoirt togail don eaconamaidh ionadail, air barrachd a dhèanamh don eaconamaidh na dhèanadh tasgadh ann an obraichean a-mhàin. Dh'ainmich Claire Baker Cnoc Soilleir ann an Uibhist a Deas. Tha mi an dòchas gun dèan an goireas sin a cheart rud airson na sgìre sin. Ach feumaidh sinn dol nas fharsaingeach na cultar agus foghlam gus an cànan a dhìon—feumaidh a' Ghàidhlig a bhith na cànan làitheil.

Lean am ball oirre sa Ghàidhlig.

Feumaidh sinn dèanamh a h-uile càil as urrainn dhuinn airson a' Ghàidhlig a chumail beò. Feumaidh sinn a cleachdadh airson nan nithean a tha sinn a' dèanamh a h-uile latha. Is e seo an dòigh airson Gàidhlig a chumail beò.

16:46

Dòmhnall Camshron (A' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan) (Con): An dèidh dhomh ceist fhaighneachd anns a' Ghàidhlig ann an deasbad o chionn greis, cha leag mi an t-aon pheanas air a' Phàrlamaid dà thuras ann an aon mhìos. Tha mi toilichte gu bheil an comas agam, às leth Pàrtaidh Tòraidheach na h-Alba, a bhith a' dùnadh an deasbaid air a' phlana Ghàidhlig, a tha a' dèiligeadh ri mar a leanas sinn oirnn a' glèidheadh, a' dìon agus a' brosnachadh an taobh riatanaich sin den dualchas agus den bhith againn.

Tha mi a' moladh obair Bòrd na Gàidhlig airson nan oidhirpean aca gus an aithisg seo a chur ri chèile, agus obair bhuidhnean eile agus daoine fa leth a bhios a' gabhail pàirt ann an leithid de dh'aithisgean agus a tha a' strì gus na molaidhean a chur an gnìomh. Tha sin a' gabhail a-steach An Comunn Gàidhealach, a tha a' cur a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail air dòigh. An-uiridh, chaidh am Mòd a chumail ann am baile m' àraich, an Gearastan, agus am-bliadhna bidh e ann an Dùn Omhain. 'S e am Mòd aon de na fèisean as motha de cheòl, ealain agus dualchas na Gàidhlig, agus

tha e air milleanan a thogail airson eaconamaidhean nan diofar bhailtean a thug aoiigeachd dha.

Coltach ris an Leas-phrìomh Mhinistear, tha mi a' moladh Fèisean nan Gàidheal—gu h-àraid an ceannard aca, Art MacCarraig, a tha, mar a thachras, am measg an luchd-chiùil Ghàidhlig as fheàrr agam—a tha a' dèanamh uimhir gus ealain agus ceòl Gàidhealach a chur air adhart ann an coimhearsnachdan air feadh Alba. Tha iomairt nam fèisean na h-eisimpleir mhiorbhaileach de chultar Gàidhlig na phàirt de bheatha làitheil ionadail, gu sònraichte am measg na h-òigridh.

Bheir mi beachd no dhà a tha nas pearsanta. Is duilich leam nach d' fhuair mi buannachd à oideas Gàidhlig, an dara cuid tro fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig no tro a h-ionnsachadh anns an sgoil. Dh'fheuch mi a h-ionnsachadh mar inbheach—chaidh mi gu clas oidhche ann an Lunnainn agus ann an Dùn Èideann, agus rinn mi fiù 's cùrsa samhraidh aig Sabhal Mòr Ostaig—ach cha do rinn mi adhartas riamh a dh'ionnsaigh inbhe faisg air fileantachd, ged a chumas mi orm a' feuchainn. Tha mi anabarrach farmadach riuthasan a fhuair na cothroman sin, agus tha mi a' beachdachadh gu dùrachdach gum bu chòir na h-iomairtean sin leantainn orra taic fhaighinn.

Gu mì-fhortanach, feumaidh sinn aithneachadh, mar a rinn Oliver Mundell ann an tè de na h-òraidean as tioma agus as cothromaichte anns an deasbad, gun deach a' Ghàidhlig a dhèanamh na nì poileataigeach anns na beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh—air neo gun deach a cleachdadh, air a' char as lugha, mar phrocsaidh airson chathan eile. Chan eil mi a' comharradh duine no a' cur a' choire air duine sam bith, oir tha uallach air a h-uile pàrtaidh, am pàrtaidh agamsa nam measg, airson sin, ach nuair a tha mairsinneachd a' chànan an geall, feumaidh sinn uile a thighinn còmhla gualainn ri gualainn.

Mar a thuirt Liz Nic a' Ghobhainn, tha a' Ghàidhlig anns an t-suidheachadh chugallach gu bheil i air ainmeachadh mar chànan ann an cunnart, le mu 58,000 luchd-labhairt, a rèir a' chunntas-sluaigh mu dheireadh. Tha strì gu leòr aig a' Ghàidhlig mar-thà dìreach a mhairsinn beò gun strì a bhith eadar muinntir na h-Alba ma deidhinn, agus mar sin tha mi a' cur fàilte air an aonta bho gach taobh anns an deasbad.

Ceit Fhoirbeis: Tha mi ag aontachadh gu tur le Dòmhnall Camshron air a' phuing sin, agus anns an òraid agam bhruidhinn mi mu dheidhinn na rinneadh leis gach pàrtaidh. Gu mì-fhortanach, tha sabaid air cùisean den leithid sin mar as tric ga riochdachadh a rèir loidhnichean pàrtaidhean no co-cheangailte ris a' bhun-reachd. Ciamar as urrainn dhuinne, mar riochdairean, an deasbad sin atharrachadh?

Dòmhnall Camshron: Tha Ceit Fhoirbeis ceart: tha e mar fhiachaibh oirnn uile, anns a' chainnt a chleachdas sinn, agus anns na puingeann a nì sinn anns an t-Seòmar agus taobh a-muigh dheth, a bhith ag obair a dh'ionnsaigh crìoch a chur air an t-sabaid sin a tha gu tric mu dheidhinn na bun-reachd.

Bu chòir sgrùdadh a dhèanamh air caiteachas poblach uile; cha bu chòir dhuinn idir seic bhàn a thoirt seachad. Ach, ann an dòigh, air sgàth 's gum b' fheudar cor a' chànan a sheasamh agus sabaid air a shon, dh'fhaodar a ràdh gu bheil cùis na Gàidhlig air tighinn às nas treasa.

Feumaidh sinn cuimhneachadh an-còmhnaidh nach e dìreach cànan a th' anns a' Ghàidhlig do mhòran dhaoine, ach dòigh-beatha. Chan eil sin nas follaisiche na ann am foghlam. Cha b' ann ach an t-seachdain sa chaidh a dh'fhosgladh sgoil ùr ann am Port Rìgh, ann an roinn na Gàidhealtachd 's nan Eilean; tha 123 pàistean air a chlàradh air a son, agus tha sin a' sealltainn dealas muinntir nan coimhearsnachdan Gàidhlig a thaobh an cànan a thoirt don ath ghinealach. Cha b' ann gun dùbhlain a thachair sin, ach tha mi cinnteach gun slànaich sgaraidhean ann an tìde.

Rinn Buill iomradh air a' bhun-sgoil ann an Caol, Loch Abar, a dh'fhosgail o chionn bliadhna no dhà air ais agus a tha fhathast a' soirbheachadh. O chionn ghoirid, b' ann le toileachas a rinn mise tadhal—gu neo-oifigeil, ge-tà—air an sgoil sin. Bhruidhinn Buill cuideachd mu dheidhinn sgoiltean ann an Glaschu, Dùn Èideann agus ann an àitichean eile ann an Alba. Tha mòran sgoiltean a' faicinn nam buannachdan à foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus foghlam airson luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. Tha mi a' cur fàilte air an aithris gu bheil ùghdarrasan ionadail—Comhairle Pheairt is Cheann Rois, Comhairle Siorrachd Siorrachd Dhùn Breatann an Ear agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid nam measg—a' tairgse foghlaim Gàidhlig.

'S e cho cudromach 's a tha foghlam tro mheadhan na Gàidhlig prìomh fhòcas a' phlana, a tha ag aithneachadh an àite chudromaich a dh'fhaodadh a bhith aig FMG ann am foghlam Albannach agus thairis air sin. Tha am plana a' toirt fa-near soirbheas na Gàidhlig a thaobh cur ri Dùbhlain Coileanaidh na h-Alba. Tha am beachd sin a' faighinn taic bho Neach-sgrùdaidh na Banrigh agus prìomh oifigear airson sgrùdadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Ann an 2017, thuirt i:

“tha coileanadh làidir ann an Gàidhlig mar chuspair”.

Lean i orre a ràdh:

“tha clann a' coileanadh a cheart cho math, no nas fheàrr, na an co-aisean ann am foghlam tro mheadhan na Beurla.”

Tha puing eile anns a' phlana air am feum mi bruidhinn—rinn Iain Swinney iomradh air—agus is e sin an iomairt e-sgoil. O chionn ghoirid, choinnich mi ri Bernard Siosalach, stiùiriche foghlaim air Comhairle nan Eilean Siar. Bhruidhinn sinn air soirbheas na h-iomairt e-sgoil agus mar a tha teicneòlas an latha an-diugh air comas a thoirt do fhoghlam Gàidhlig a bhith air a libhrigeadh gu dealanach ri coimhearsnachdan air feadh nan Eilean. Ged a tha am plana ceart a ràdh nach bi e-sgoil ga cur an àite nam modhan-teagaisg traidiseanta, tha cleachdadh teicneòlais na cheum cudromach gus cothrom air Gàidhlig a leudachadh agus mairsinneachd a' chànain a dhaingneachadh.

Mar phrìomh amas, tha am plana ag iarraidh an àireamh de sgoiltean Gàidhlig a mheudachadh. Tha sinn a' cur fàilte air sin; ann am manifesto a' phàrtaidh againn, dh'iarr sinn barrachd sgoiltean Gàidhlig a bhith air an stèidheachadh. Leis an sin thig sinn gu cnag na cùise: ma tha sinn gu bhith a' leudachadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus a' meudachadh na h-àireimh de sgoiltean, bidh feum againn air luchd-teagaisg ullachte. Tha fhios againn bho àrainnean eile den raon phoblach gum faod e a bhith glè dhoirbh dreuchdan a lìonadh ann an sgìrean dùthchail is iomallach, agus mar sin tha mi toilichte gu bheil am plana ag aithneachadh sin, nuair a tha e ag ràdh:

“feumaidh sinn cuideachd taic chunbhalach a thoirt don obair gus tidsearan is luchd-obrach Gàidhlig eile a thrèanadh is a thrusadh”.

Tha pailteas de mholaidhean àrd-amasach anns a' phlana, agus tha Pàrtaidh Tòraidheach na h-Alba a' cur fàilte orra. Tha sinn airson gum bi a' Ghàidhlig a' soirbheachadh ann an Alba agus nì sinn ar dìcheall a dhèanamh cinnteach gun toirear taic do choimhearsnachdan far a bheil a' Ghàidhlig chan ann dìreach na cainnt ach na pàirt de dhlùth is inneach na coimhearsnachd agus mar phàirt den dearbh-aithne aice.

Tha mi pròiseil a bhith a' riochdachadh sgìre de dh'Alba anns a bheil iom-fhillteachd cho beartach a thaobh cultar—agus sin cultar na Gàidhlig airson na mòr-chuid dheth. Mar nàisean, bu chòir dhuinn a bhith taingeil gu bheil leithid de chànain is de chultar air leth againn, agus mar luchd-poileataigs tha dleastanas moralta oirnn a bhith ga dhion.

16:52

Am Ministear airson Leasachadh Eadar-nàiseanta agus Eòrpa (An Dr Alasdair Allan):

Bhruidhinn am ball sa Ghàidhlig.

'S e deasbad feumail dha-rìreabh a bh' againn an-diugh, a' dearbhadh a-rithist gu bheil taic anns a' Phàrlamaid, agus thairis air na pàrtaidhean, dhan Ghàidhlig agus dhan àite a th' aice ann an Alba.

Tha mise fortanach a bhith a' riochdachadh nan Eilean Siar, far a bheil a' Ghàidhlig làidir. Tha mi 'n dòchas gum bi plana na Gàidhlig a' toirt chothroman gu mòran anns an sgìre agam fhìn Gàidhlig a chleachdadh agus ionnsachadh. Tha mi 'n dòchas cuideachd gum bi e a' brosnachadh na Gàidhlig ann an Alba air fad. Mar a tha fhios aig duine sam bith a leughas ainmean-àite air mapa, chan eil tòrr àiteachan ann an Alba gun eachdraidh Ghàidhlig sam bith.

Tha mi den aon bheachd 's a tha Ceit Fhoirbeis mun mhì-rùn a th' ann am measg cuid bheag ann an Alba dhan Ghàidhlig. Cha bhi mi a' bruidhinn mu dheidhinn gu fada, ach innsidh mi sgeul no dhà. Is e a' phuig as cudromaiche gu bheil e a' dèanamh diofar mòr dè tha daoine gun Ghàidhlig ag ràdh mun Ghàidhlig. Ma bhios iad ga moladh, bidh daoine òga moiteil gu bheil a' Ghàidhlig aca. Ma bhios daoine anns na meadhanan no ann am poileataigs a' magadh air a' Ghàidhlig, bidh na daoine òga sin a' fàs suas leis an smuain nach eil Alba a' toirt spèis sam bith dhan dualchas Ghàidhlig aca.

Mar a tha sinn air faicinn san deasbad seo, tha ceanglaichean soilleir ann eadar a' Ghàidhlig agus iomadh raon eile de bheatha phoblach agus coimhearsnachdan na h-Alba. Mar eisimpleir, tha VisitScotland a' leasachadh ro-innleachd turasachd Ghàidhlig mar phàirt den phlana Gàidhlig aca, tha Àrainneachd Eachdraidheil Alba a' cur thachartasan air dòigh ann an sgoiltean far a bheil foghlam tron Ghàidhlig, tha Poileas Alba air àrdachadh mòr a thoirt do dh'iomhaigh na Gàidhlig air feadh na dùthcha, agus bidh Leasachadh Sgìlean na h-Alba agus Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean a' cruinneachadh fiosrachadh mu chleachdadh na Gàidhlig anns a' mhargaid-obrach agus a' cur taic ri preantasachdan tron Ghàidhlig.

Tha iomadh comhairle air feadh Alba a-nis a' toirt air adhart dhleastanasan ùra mar phàirt den phlana Ghàidhlig aca, agus tha comhairle maoineachaidh na h-Alba a' cur taic ri faclair eachdraidheil na Gàidhlig, am measg iomairtean cudromach eile.

Innsidh mi rud no dha mun dà leasachadh a tha air am moladh an-diugh agus dham bi an Riaghaltas a' toirt taic. Tha mi cuideachd airson facal no dhà a ràdh mu dheidhinn cuid de na daoine a bha a' bruidhinn an-diugh, agus tha mi gu math toilichte gun robh tòrr buill a' bruidhinn an-diugh—cus airson bruidhinn air a h-uile duine.

Rinn Ealasaid Nic a' Ghobhainn puingean math mun fhàs ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Tha e cudromach a ràdh nach eil foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a' tachairt ann an àite sam bith gun taic is gun sabaid sa choimhearsnachd. Bha Iain Gray ceart nuair a thuirt e nach robh cothroman ann sna

bliadhnaichean a chaidh seachad airson dhaoine a bha a' cleachdadh no ag ionnsachadh na Gàidhlig. Rinn Iain Finnie puing mhath cuideachd, is e a' bruidhinn mu na sochairean a th' ann airson duine sam bith a tha a' cleachdadh dà chànan, no a tha ag ionnsachadh dà chànan, no trì cànanan. Bha Eideard Mountain agus Lewis Dòmhnallach ceart cuideachd a bhith a' cuimhneachadh gu bheil ceangal ann eadar slàinte an eaconamaidh ann an sgìre agus slàinte na Gàidhlig.

Bha Stiùbhart MacSteafain a' bruidhinn mu eachdraidh an teaghlaich aige—cha chuala mi sin a-riamh roimhe bho Stiùbhart MacSteafain—agus bha e a' bruidhinn mun àite a th' aig a' Ghàidhlig ann an Glaschu, agus mun cheangal eadar a' Ghàidhlig agus uisge-beatha. Dh'innis Claire Baker dhuinn beagan mun cheangal eadar a' Ghàidhlig agus cultar, mar a rinn tòrr buill eile.

Tha mi a' smaoinichadh gu bheil barrachd Gàidhlig aig Dòmhnall Camshron na tha e ag ràdh. Tha mi a' creidsinn gu bheil Gàidhlig fhìor mhath aig Loch Iall; chuala mi sin a-raoir agus tha mi a' creidsinn gu bheil e uabhasach modhail mun a sin.

Bhruidhinn mi mu rud no dhà a bha daoine ag ràdh san deasbad, ach nì mi puing no dhà eile. Tha Bile nan Eilean a' dol tron Phàrlamaid seo an-dràsta fhèin agus tha a' Ghàidhlig na pàirt chudromaich dheth. Mar a chuala sinn na bu tràithe, tha ceangal ann eadar a' Ghàidhlig agus cùisean eaconamach agus bun-structar, mar thaigheadas, còmh-dhail, ath-leasachadh fearainn, teicneòlas fiosrachaidh agus cosnadh. Bidh seo na chuspair deasbaid aig a' bhuidhinn a bheir an Leas-phrìomh Mhinistear ri chèile san Lùnastal. Faodaidh na cùisean nas fharsainghe seo cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig a bhrosnachadh, agus ìomhaigh a' chànan a chur air adhart.

Tha mise air a bhith taiceil dhan Ghàidhlig bhon mhionaid a mhothaich mi nach b' urrainn dhomh a h-ionnsachadh mar chuspair san sgoil. Tha mi a' creidsinn gu bheil a' Phàrlamaid taiceil cuideachd, agus bha sin follaiseach an-diugh.

Tha mi a' dol a chrìochnachadh le fàilte a chur a-rithist air foillseachadh agus cur air bhog plana cànan nàiseanta na Gàidhlig. Bheir seo dhuinn an cothrom togail air an deagh obair a tha sinn air dèanamh o chionn ghoirid agus adhartas nas luaithe a dhèanamh anns gach roinn de leasachadh na Gàidhlig ann an Alba. Cumaidh Riaghaltas na h-Alba ar taic agus brosnachadh ri sgoiltean Gàidhlig ùra, agus sinn airson gum faic sinn na h-àireamhan a sìor dhol suas de luchd-labhairt, luchd-cleachdaidh agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig ann an Alba.

'S e deasbad feumail a bh' ann an-diugh, mar a thuirt mi, agus tha mi an dòchas gur e toiseach-tòiseachaidh a th' ann airson an t-seòrsa taic a bhios aig a' Phàrlamaid san àm ri teachd airson na Gàidhlig.

Chaidh a choinneamh a dhùnadh aig 16:59.

Clò-bhuailte ann an Dùn Èideann le Buidheann Chorpóra Pàrlamaid na h-Alba, Pàrlamaid na h-Alba, Dùn Èideann EH99 1SP

Tha na sgrìobhainnean uile againn rim faighinn air làrach-lìn Pàrlamaid na h-Alba aig:

www.parliament.scot

Tha fiosrachadh mu sholaraidhean clò, gun mholadh, ri fhaighinn an seo is:

www.parliament.scot/documents

Airson barrachd fiosrachaidh mu Phàrlamaid na h-Alba, cuir fios gu

Fòn: 0131 348 500

Fòn (Gàidhlig): 0131 348 5395

Fòn teacsa: 0800 092 7100

Post-d: sp.info@parliament.scot

Post-d (Gàidhlig): gaidhlig@parliament.scot

Twitter: @ParlAlba



The Scottish Parliament
Pàrlamaid na h-Alba